

**“Ceann-uidhe 2030”  
Iomairt airson  
daoine, planaid is  
soirbheachadh**

**Plana Gnìomh na h-Alba airson  
Ionnsachadh a dh’ionnsaigh  
Seasmhachd  
2023-2030**

# “Ceann-uidhe 2030” Iomairt airson daoine, planaid is soirbheachadh

Plana Gnìomh na h-Alba airson  
Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd  
2023-2030



SUSTAINABLE DEVELOPMENT **GOALS**



## Ceann-uidhe 2030: Iomairt airson daoine, planaid is soirbheachadh

### Plana Gnìomh na h-Alba airson Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd 2023-2030

Bu toil le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean agus leis a' Bhuidhinn Stiùiridh airson Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd (liS) taing a thoirt dhan iomadh neach aig a bheil dealas airson liS agus gu h-àraidh, dhan luchd-ionnsachaidh is dhan luchd-oideachaidh a ghabh pàirt sna pròiseactan rannsachaidh a chaidh a stiùireadh le Pàrlamaid na Cloinne agus Oilthigh Dhùn Dè.



## Adhartas nas luaithe

gus cinn-uidhe Lèirsinn na h-Alba 2030 a thaobh Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd a choileanadh

## A' coileanadh ar n-amais

gum bi Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd mar bhunait do dh'fhoghlam na h-Alba

Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhridh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

# Clàr-innse

1. Ar Lèirsinn	td4
2. Ro-ràdh	td5
3. Ceann-uidhe 2030: Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach	td8
4. Ar Gnìomhan	td9
5. Coileanadh	td25
Eàrr-ràdh A: Rannsachaidhean Pàrlamaid na Cloinne is Oilthigh Dhùn Dè	td27
Eàrr-ràdh B: Fianais Rannsachaidh Eile	td30
Eàrr-ràdh C: Ballrachd na Buidhne Stiùiridh airson IIS	td34

## Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a' ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

# Ar lèirsinn

## “Ceann-uidhe 2030” – Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach

Gum bi iomairt bhrosnachail ann gus cùisean atharrachadh feuch am bi gach àite airson foghlam 3-18 na Àite-ionnsachaidh Seasmhach ro 2030.

Tha na tha luchd-ionnsachaidh is luchd-oideachaidh ag iarraidh soilleir: feumar barrachd a dhèanamh airson dèanamh cinnteach gum faigh **A H-UILE** neach-ionnsachaidh cothrom air liS mar a bu chòir. Tha clann is daoine òga ag iarraidh gum bi amasan àrda ann agus gun tèid gnìomhan a dhèanamh gus cùisean atharrachadh. Tha làn-thuigse aca air cho cudromach 's a bhios a' ghnàth-shìde is ceartas sòisealta, co-ionannachd is ionnsachadh a-muigh dham beatha fhèin is dhan obair aca fhèin san ùine air thoiseach san 21mh linn agus tha iad airson gum bi na nithean sin mar phàirt brìoghmhor dhen ionnsachadh làitheil aca agus de gach ceum dhen turas ionnsachaidh aca.

Feumaidh sinn atharrachadh a thoirt air cùisean aig astar nas luaithe agus ar luchd-ionnsachaidh oideachadh airson an ama ri teachd. Le bhith a' stèidheachadh liS mar bhunait do dh'fhoghlam na h-Alba san ùine air thoiseach, chan e a-mhàin gum bi sinn ag obair gus adhartas a dhèanamh mar a dh'iarr luchd-ionnsachaidh oirnn, ach thèid againn air tòrr a bharrachd a choileanadh cuideachd.


Ma tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan poileasaidh a thaobh Cinn-uidhe an UN airson Leasachadh Seasmhach (CLS), Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste, a' ghnàth-shìde is cothromachadh-carboin, bith-iomadachd, eaconamaidh chuariteagach, agus cruth-atharrachadh air cùisean eaconamach is sòisealta, feumaidh muinntir na h-Alba cuideachadh, agus iad a' faighinn taic san fhoghlam aca.

Ge-tà, chan e dìreach Alba a tha nas fheàrr a tha fa-near dhuinn: tha sinn ag amas air saoghal nas fheàrr. Tha sinn am measg grunn dhùthchannan a tha ag obair gus amasan CLS an UN a choileanadh airson 2030. Fhad 's a tha sinn ag obair gu ruige ar ceann-uidhe, feumaidh sinn beachdachadh air a' chòrr dhen t-saoghal agus air an ùine ri thighinn agus obrachadh le dùthchannan eile – nì sinn sin le bhith air ceann na h-iomairt nuair as urrainn dhuinn, ach cuideachd le bhith ag obair còmhla ri agus ag ionnsachadh bho dhaoine eile. Chan eil ar lèirsinn is plana gnìomh dìreach airson cuid a dhaoine, tha iad airson a h-uile duine.

Sa Phlana Ghnìomh liS ùr, làidir seo, tha lèirsinn dhàna ùr, “Ceann-uidhe 2030”, anns a bheil 5 prìomh raointean agus 25 gnìomhan. Tha e a' toirt luaidh air agus a' togail air na dòighean-obrach sàr-mhath a th' ann an Alba airson foghlam seasmhachd, ach tha e cuideachd a' gabhail ealla ri agus a' feuchainn ri dèiligeadh ris na nithean a chuireas stad oirnn bho bhith a' toirt na tha san amharc dhuinn gu buil.

Tha sinn ag iarraidh air a h-uile pàiste is neach òg, inbheach a tha na neach-ionnsachaidh, neach-oideachaidh, pàrant, ceannard agus neach-co-dhùnaidh cuideachadh gus atharraichean a thoirt air cùisean sna coimhearsnachdan is raointean aca fhèin, taic is brosnachadh a thoirt do dhaoine eile agus innse dhuinn mun adhartas a nì iad.

'S e a tha dhith co-bhanntachd de dhaoine a tha ro dheònach cuideachadh, iomairt a chum saoghal ùr. Feumaidh sinn a bhith innleachdach is dàna. Feumaidh sinn a dhol an sàs ann an co-chruthachadh, co-dhealbhadh agus feumaidh sinn làn-fheum a dhèanamh de ar goireasan is beachdan-smuain. 'S e a tha dhith #Sgiobanah-Alba. Tha sinn gu mòr an dòchas gu bheil an aon lèirsinn agaibh fhèin agus gun cuidich sibh sinn le bhith ga toirt gu buil.

Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean AINM SGRÌOBHTE AN SEO 	A' Bhuidheann Stiùiridh airson Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd
---	---

#### Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a gnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' gnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

# Ro-ràdh

Mus toirear mineachadh air co-theacsa a' phlana ùir seo san latha an-diugh, b' fhiach e beachdachadh air na tha air tachairt ron seo.

## Mar a thòisich Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd

Tha an abairt “Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd”, a chaidh a chleachdadh ann an Alba an toiseach, ga cleachdadh ann an dùthchannan eile cuideachd a-nis agus e a' ciallachadh dòigh-obrach thar churraicealman tron urrainn do luchd-ionnsachaidh, luchd-oideachaidh, àiteachan-ionnsachaidh agus a' choimhearsnachd aca comann-sòisealta seasmhach a stèidheachadh anns a bheil ceartas sòisealta is co-ionannachd; agus dòigh-obrach fad-sgoile bhuidhneach far a bheil saoranachd na cruinne, leasachadh seasmhach agus ionnsachadh a-muigh air am fighe còmhla gus cothroman ionnsachaidh aonaichte a thoirt do dhaoine, a bheir tlachd dhaibh is a bheir cruth-atharrachadh orra fhèin is air an t-saoghal.

Thòisich Alba air liS tràth sna 2010an, nuair a chaidh Aithisg air liS fhoillseachadh le [Buidheann Obrach Sgoiltean nam Ministearan airson Aon Phlanaid](#). Ràinig sinn clachan-mìle cudromach bho thòisich an iomairt. Chaidh leasachadh a bharrachd a dhèanamh air an lèirsinn ro-innleachdail airson liS san [aithisg, “Ar Lèirsinn airson 2030+”](#), an aithisg mu dheireadh aig a' Bhuidhinn Bhuileachaidh airson liS ann an 2016. Bha na h-aithisgean sin fìor chudromach do mar a chaidh liS fìghe a-steach do churraicealam na h-Alba agus do roinn an fhoghlaim. Stèidhich iad cinn-uidhe ro-innleachdail airson liS; cinn-uidhe a tha a cheart cho buadhach is freagarrach an-diugh 's a bha iad riamh. An uair sin chaidh liS agus Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste (CDACP) fìghe a-steach do dh'Inbhean Proifeiseanta Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (CCTA). Ann an 2019, chruthaich sinn [a' chiad phlana gnìomh](#) againn gus lèirsinn ro-innleachdail na h-aithisge 2030+ a thoirt gu buil. Cuideachd ann an 2019, chaidh aithne a thoirt do mar a shoirbhich do dh'Alba, ann a bhith a' toirt cumhachd do dhaoine òga gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh saoghal seasmhach airson an ama ri teachd, le Comhairle na Cruinne airson an Ama ri Teachd sna Duaisean aca airson Phoileasaidhean an Ama ri Teachd, 'Oscaran airson nam poileasaidhean as fheàrr'. Ann an Aithisg Chomasan na Cruinne 2020 aig PISA, fhuair Alba an treas sgòr a b' àirde am measg nan dùthchannan a ghabh pàirt ann, le dìreach Singapore agus Canada air toiseach oirnn.

## Lèirsinn airson 2030+ Cinn-uidhe airson Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd

Bu chòir làn-chòir a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh air ionnsachadh a dh'ionnsaigh seasmhachd.

A rèir Inbhean Proifeiseanta ùra Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, bu chòir dhan a h-uile neach-teagaisg, ceannard sgoile is foghlaim ionnsachadh a dh'ionnsaigh seasmhachd a chur an sàs san obair aca.

Bu chòir do gach àite ionnsachadh a dh'ionnsaigh seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho cheannardan aig gach ìre.

Bu chòir do gach togalach, làrach agus poileasaidh aig àite-ionnsachaidh taic a chumail ri Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd.

Bu chòir dòighean-obrach ro-innleachdail, nàiseanta a stèidheachadh gus taic a chumail ri Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd.



Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

## Na tha air cùl a' phlana nas làidire seo

Tha Alba a-nis aithnichte mar shàr eisimpleir ri linn mar a tha i air feallsanachd a chur air adhart airson liS a bhith air fhighe a-steach dhan àrainn ionnsachaidh air fad, an sgoil agus a' choimhearsnachd, agus air sàillibh a h-amais gus am bi cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh air liS sa churraicealam againn.

Carson a tha plana gnìomh ùr a dhìth ma-thà?

Tha dà phrìomh adhbhar ann: i) seach gu bheil cùisean ag atharrachadh gu luath ann am foghlam agus san t-saoghal agus, ii) iarrtas bho ar luchd-oideachaidh is ar clann is daoine òga a tha ag iarraidh – agus tha iad ceart – gun dèan sinn adhartas nas luaithe agus gun stèidhich sinn amasan nas àirde a thaobh a bhith gan oideachadh airson an ama ri teachd.

## An suidheachadh ann an Alba agus san t-saoghal

**Ath-leasachaidhean foghlaim** – Mhol Ath-sgrùdadh Muir luchd-ionnsachaidh a chur aig cridhe siostam an fhoghlaim agus thug e iomradh air gnàth-shìde, còraichean cloinne, ceartas sòisealta agus ionnsachadh a-muigh mar phrìomh bhunait do dh'fhoghlam soirbheachail. 'S e ath-leasachadh cudromach a th' anns a' ghealladh gus trì buidhnean foghlaim ùra a stèidheachadh. Bidh aonan dhiubh os cionn chùisean co-cheangailte ris a' churraicealam agus mar sin 's e as coltaiche gur ann an urra riuthasan a bhios e còir is cothrom a stèidheachadh do dhaoine air liS sa churraicealam. Sa Chòmhradh Nàiseanta air Foghlam na h-Alba, bha e follaiseach gu bheil liS cudromach agus tha e na amas leis Aithisg Eadar-amail bhon Ath-sgrùdadh Neo-eisimeileach air Teisteanas is Measaidhean barrachd fianaise a chruinneachadh bho na h-irean as àirde san àrd-sgoil. Tha liS na phrìomh phàirt de na h-ath-leasachaidhean foghlaim cudromach seo, agus e mar mheadhan air làn-bhuannachd fhaighinn bhupa.

Tha liS cuideachd mar phàirt de ghrunn iomairtean is raointean leasachaidh ann an roinn foghlam na h-Alba leithid na Ro-innleachd Foghlaim is Trèanaidh airson Saidheans, Teicneòlas, Einnseanaireachd is Matamataig (STEM); na h-ath-leasachaidhean a thaobh a bhith a' Cruthachadh Feachd-obrach Òg (fhad 's a tha sinn a' gluasad gu eaconamaidh le nas lugha carboin, bidh barrachd obraichean 'uaine' ann no obraichean far a bheil sgilean 'uaine' a dhìth); Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste (CDACP); curraicealam is siostam foghlaim a tha an aghaidh gràin-cinnidh; An Coimisean airson Ath-sgrùdadh air Ionnsachadh airson Obair air an Fhearann; Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (ILC) (far a bheil taic a dhìth air coimhearsnachdan gus dèiligeadh ri diofar chùisean co-cheangailte ri ceartas sòisealta agus faodaidh deagh sheirbheisean ILC taic a thoirt do dhaoine gus gnìomhan a thoirt gu buil còmhla); a' toirt leudachadh air seirbheisean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne (far a bheil pàirtean bunaitich de liS fìor chudromach leithid ionnsachadh a-muigh, còraichean cloinne, ceartas sòisealta, sgilean shaoranach); foghlam adhartach is àrd-ìre (tha cuid nas motha de dh'oileanaich ann an Alba, an coimeas ri dùthchannan eile san RA, a' dèanamh chùrsaichean co-cheangailte ri sgilean 'uaine' agus staing na gnàth-shìde) agus An t-Àth-sgrùdadh air Buileachadh Sgilean (far a bheilear a' stèidheachadh cinn-uidhe shoilleir agus prionnsapalan airson foghlam iar-sgoile, rannsachadh agus leasachadh sgilean).

**Mar phàirt dhen Chruinne** – Le ar n-iomairt airson cothromachadh-carboin, a tha mar phàirt mòr de ro-innleachd eaconamach na h-Alba, tha atharraichean luath a dhìth a chuireas cùisean troimh-a-chèile a thaobh ar dòigh-beatha, ar dòighean-giùlain agus ar gnìomhan. Thèid neartachadh nach beag a dhèanamh air Ro-innleachd Nàiseanta na h-Alba airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh (RNACE), Obraichean Uaine ann an Alba agus ar gnìomhan gus dèiligeadh ri staing na gnàth-shìde agus saoghal nàdair le bhith a' cur Plana Gnìomh airson liS an sàs. San Ro-innleachd againn airson Bith-iomadachd, thathar a' toirt fa-near mar a dh'fheumar bith-iomadachd a dhèanamh na nì àbhaisteachd nar beatha, gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse aig a' mhòr-shluagh oirre agus gu bheil iad a' cur sùim innte agus gu bheil bith-iomadachd air a fighe a-steach do churraicealaman foghlaim. Cuideachd, tha Prògram Leasachaidh Eadar-nàiseanta na h-Alba a' cur ris an àite a th' aig Alba mar shaoranach na cruinne. Tha liS ceangailte ris gach nì gu h-àrd agus tha e cuideachd mar mheadhan air an curraicealam againn a cheangal ris a' chòrr dhen t-saoghal. Le liS bithear ag ionnsachadh do na ginealaich ri thighinn mar a chuireas iad luach ann an dòighean-giùlain cùramach is cunntachail, agus tha e gan cuideachadh gus bun-eòlas poilitigeach ionnsachadh agus a' toirt eòlas, sgilean is misneachd do luchd-ionnsachaidh feuch am mothaich iad dha leiteachas, feuch an urrainn dhaibh roghainnean fiosrach a dhèanamh mun t-saoghal iomadh-fhillte a tha mun cuairt orra agus feuch am bi iad nan saoranaich dhen chruinne.

Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a' ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Tha e soilleir gu bheil plana nas làidire a dhìth gus ar lèirsinn airson 2030 a thoirt gu buil. Eadar ath-leasachaidhean foghlaim cudromach a tha a' dol air adhart agus an galar mòr-sgaoilte a rinn sgrios air an t-saoghal, an suidheachadh-èiginn sa bheil sinn a thaobh na gnàth-shìde is bith-iomadachd agus an t-iomadh dùbhlain eile a tha ro shluagh na cruinne, cha robh àm riagh na bu fhreagarraiche airson liS a thoirt seachad nar siostam foghlaim na an-dràsta gus dèanamh cinnteach gum faigh ar luchd-ionnsachaidh oideachadh a tha iomchaidh airson an ama ri teachd.



## Guthan na cloinne, nan daoine òga agus an luchd-oideachaidh

Bha adhbhar a cheart cho cudromach ann airson plana nas làidire, ùr: sin na beachdan a chualas bho chlann, daoine òga agus luchd-oideachaidh. Chùm Riaghaltas na h-Alba co-chonaltradh farsaing fad 9 mìosan tro dhà phròiseact rannsachaidh mòr – fear air a stiùireadh le Pàrlamaid na Cloinne agus fear eile le Oilthigh Dhùn Dè – far an robhar ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh is luchd-oideachaidh innse dè an tuigse a bh' aca air liS agus ciamar a bha e ag obrachadh sna h-àiteachan foghlaim is coimhearsnachdan aca. A rèir an rannsachaidh, bha dealas aig a h-uile duine airson liS agus bha tòrr dhiubh a' coimhead air liS mar phàirt làidir dhen churraicealam. Ach, sheall an rannsachadh cuideachd nach robh a h-uile neach-ionnsachaidh a' faighinn cothrom air liS agus bha tòrr ag iarraidh gnìomhan dàna, ùra a bhith ann gus an lèirsinn a thoirt gu buil agus a cur an cèill ann an dòigh nas soilleire.

## Prìomh thoraidhean rannsachaidh a tha mar bhunait dhan phlana seo

- Tha **obair shàr-mhath** ga dèanamh agus tha luchd-oideachaidh air leth a' stiùireadh àiteachan ionnsachaidh a dh'ionnsaigh nan atharraichean mòra a tha dhìth.
- **Nuair a tha liS air fhighe a-steach dhan ionnsachadh, gu tric 's ann air sgàth dealas na feadhna a tha a' brosnachadh atharraichean a tha sin.** Bidh dùbhlain is cnapan-starra romhpa gu tric nuair a bhios iad a' feuchainn ri liS a chur an sàs mar ionnsachadh thar churraicealaman.
- Dh'iarr luchd-ionnsachaidh barrachd cothroman air **ionnsachadh a-muigh** agus a bhith ann an saoghal nàdair agus bha iad ag iarraidh cumhachd gus atharraichean a dhèanamh sna h-àiteachan ionnsachaidh aca gus feallsanachd liS a chur an sàs gu h-iomlan. Bha iad cuideachd airson gun toireadh na h-inbhich nam beatha taic fhor-ghnìomhach dhaibh gus atharraichean a chur an sàs.
- Bha e soilleir gun robh luchd-oideachaidh **aig diofar ìrean san turas aca**, le cuid a bha air a bhith a' cur phrionnsapalan liS an sàs nan obair fad iomadh bliadhna agus iad deiseil airson ceumannan dàna eile a ghabhail, ach bha feadhainn eile nach robh cho cinnteach càite an tòisich iad.
- B' e teachdaireachd chudromach a fhuaras bho luchd-oideachaidh agus luchd-ionnsachaidh **gum feum inbhich barrachd ionnsachadh mu sheasmhachd** gus an urrainn dhaibh an t-eòlas sin a thoirt do luchd-ionnsachaidh.
- Feumaidh **ionnsachadh proifeiseanta** a bhith nas fheàrr a thaobh a bhith a' toirt misneachd is comasan do dhaoine.
- Tha e fìor chudromach gum bithear a' cur cuideam air **“a bhith a' cur liS an sàs” an àite** teòiridh.
- Feumaidh luchd-poileasaidh, buidhnean foghlaim agus luchd-compàirt iomchaidh dèanamh cinnteach gu bheil **taic ann dhan a h-uile neach** a tha air an turas seo.

Chithear fiosrachadh nas mionaidiche ann an Eàrr-ràdh A dhen phlana seo.

### Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a gnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' gnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.



# Ceann-uidhe 2030:

## Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach

Bha e soilleir bhon cho-chonaltradh a bh' againn le daoine, às an do dh'èirich am plana seo, gun robh dòighean-obrach ùra, dàna is lèirsinneach a dh'fhearr airson lùS a chur an sàs san t-siostam foghlaim. Sin carson a tha am plana seo stèidhichte air "Ceann-uidhe 2030", lèirsinn ùr a tha san amharc airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach.

### "Ceann-uidhe 2030" lùS – Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach

Gum bi iomairt bhrosnachail ann gus cùisean atharrachadh feuch am bi gach àite airson foghlam 3-18 na Àite-ionnsachaidh Seasmhach ro 2030.

### Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach – *An Fheallsanachd*

Curraicealam - Ionnsachadh, teagasg, measadh, feallsanachd teagaisg

Cultar - Guth an neach-ionnsachaidh, CDACP, feallsanachd, dàimhean

Coimhearsnachd - Àite, compàirteachas, teaghlaichean, gnìomhan ionadail

Àrainn - Togalaichean, làraich, còmhdaidh, cleachdadh lùth is uisge

Buinidh gach taobh dhen ionnsachadh ri Àite-ionnsachaidh Seasmhach: na dh'ionnsaicheas agus mar a dh'ionnsaicheas oileanaich, mar a làimhsicheas àite-ionnsachaidh an àrainneachd is na goireasan aca, an co-chonaltradh eadar luchd-obrach is luchd-ionnsachaidh, mar a dh'obraicheas iad leis a' choimhearsnachd ionadail agus mar a nì iad ceangal ris an t-saoghal mhòr. Ann an Àite-ionnsachaidh Seasmhach, gheibh luchd-obrach taic gus a bhith nas misneachail is gus na dòighean-obrach aca a leasachadh agus gheibh iad cothrom air trèanadh is taic. Tro ionnsachadh, teagasg is measaidhean, gheibh clann is daoine òga cothroman ionnsachaidh brìoghmhor; cothroman a tha freumhaichte ann am beatha dhaoine, le cothroman air ionnsachadh eadar-chuspaireil agus stèidhichte air obair gus luchd-ionnsachaidh uidheamachadh airson an ama ri teachd. Cuideachd, le dòigh-smaoineachaidh stèidhichte air an àite air fad, thèid togalaichean is làraich a leasachadh agus ceanglaichean a thogail leis a' choimhearsnachd.

### Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach – *Gnìomhan a Dhìth*

San t-Sultain 2023, foillsichidh sinn larrtas airson Ghnìomhan, agus sinn ag iarraidh air gach buidheann nàiseanta is ùghdarras ionadail an gealladh airson 2030 fhighe a-steach do na planaichean leasachaidh, ro-innleachdail is corporra aca. Tha e na amas dhuinn iomairt a stèidheachadh gus cùisean atharrachadh; gus dèanamh cinnteach gun tèid ar lèirsinn a thoirt gu buil tro mheasgachadh buadhmhor de dh'iarntasan, togail-inntinn, brosnachadh, structaran agus goireasan. Bidh geallaidhean aig Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean com-pàirt, le gnìomhan practaigeach gan coileanadh mar thaic dhaibh, gus an taic a bhios a dhìth air àiteachan, airson ar n-amas 2030 a choileanadh, a thoirt dhaibh. Bheirear dùbhlàn dhan a h-uile àite-ionnsachaidh, neach-oideachaidh, pàiste is duine òg gealladh pearsanta a thoirt seachad airson dèanamh cinnteach gun tèid an t-àite-ionnsachaidh aca na Àite-ionnsachaidh Seasmhach. Ann an 2023, obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ris a' Bhuidhinn Stiùiridh airson lùS gus comhairle nas mionaidiche a dhealbh mun iomairt seo, gus ro-innleachd chonaltraidh a dhealbh agus comhairle is taic a bharrachd a thoirt seachad.

#### Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhaidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

# Ar Gnìomhan

## Raon 1: Ceannas is Compàirteachas Co-obrachail

Tha ceannas a dhìth airson iomairt gus cùisean atharrachadh, leithid liS, bho gach duine a tha cudromach dhan iomairt aig a h-uile ìre: bho am measg clann is dhaoine òga, luchd-oideachaidh, pàrantan is luchd-cùraim, ceannardan àiteachan-ionnsachaidh, stiùirichean ùghdarrasan ionadail is an cuid luchd-obrach, comhairlichean ionadail, caidreachasan leasachaidh roinneil, buidhnean nàiseanta agus riaghaltas nàiseanta. 'S ann mu dheidhinn co-cheannas a tha an raon seo le cuideam ga chur ar “Ceann-uidhe 2030”, lèirsinn a chaidh neartachadh airson liS. Thathar ag iarraidh air gach duine is buidheann bhuntainneach gabhail ris na dleastanasan sònraichte a th’ orra a thaobh liS, agus obrachadh còmhla gus liS fhisge a-steach dhan obair aca airson Ceann-uidhe 2030 a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
Ceannas is Compàirteachas Co-obrachail	1	Gnìomh Ùr	<p>“Ceann-uidhe 2030” liS: Iarrtas airson Gnìomhan</p> <p>Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba am prògram aca airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, “Ceann-uidhe 2030”, gu h-oifigeil san t-Sultain 2023, agus iad a’ foillseachadh Iarrtas airson Gnìomhan dhan a h-uile pàiste is duine òg, neach-oideachaidh, ceannard foghlaim, buidheann nàiseanta, ùghdarras ionadail agus buidheann roinneil. Leis an Iarrtas airson Gnìomhan, bithear ag iarraidh air buidhnean an gealladh airson 2030 fhisge a-steach dha na planaichean leasachaidh, ro-innleachdail is corporra aca, agus dhan fhrèam churraicealaim is obair aca fhèin.</p>	Bu chòir do gach àite Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho cheannardan aig gach ìre.	Taghadh farsaing de phoileasaidhean is suidheachaidhean ann an tràth-ionnsachadh, sgoiltean, agus ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd.	Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba.	Thèid an t-Iarrtas airson Gnìomhan fhoillseachadh san t-Sultain 2023.  Thèid an gealladh iomlan a thaobh Ceann-uidhe 2030 a choileanadh ro dheireadh 2030.

### Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin.

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a gnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ gnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
	2	Gnìomh Ùr	<p>“Ceann-uidhe 2030” liS: Ath-sgrùdadh Ro-innleachdail air Maoineachadh liS</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, nì Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadh air gach tobar mhaoineachaidh nàiseanta a bhuineas ri liS, leis an amas gum faigh an obair ro-innleachdail gus an gealladh a choileanadh uiread de thaic is goireasan as urrainn tro bhith a’ cur cuideam as ùr air a’ cheann-uidhe.</p>	Bu chòir dòighean-obrach ro-innleachdail, nàiseanta a stèidheachadh gus taic a chumail ri Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	Leasachadh proifeiseanta do luchd-oideachaidh.	Riaghaltas na h-Alba.	<p>Tòisichidh an t-ath-sgrùdadh as t-samhradh 2023.</p> <p>Aithisg an ath-sgrùdaidh deiseil ro dheireadh a’ Ghearrain 2024.</p>
	3	Gnìomh Ùr	<p>“Ceann-uidhe 2030” liS: Lionra Comhairleachaidh liS Ùr</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Foghlam Alba còmhla ri prìomh luchd-compàirt sa Bhuidhinn Stiùiridh airson liS gus prògram ùr a dhealbh is a chur an gnìomh gus lionra comhairleachaidh co-thaiceil airson liS a stèidheachadh. Leis an obair chomhairleachaidh seo, a ghabhas ealla ri prògraman ceannais a th’ ann mu thràth, thèid lionraidhean freagarrach a chruthachadh thar nan roinnean airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, foghlam sgoile agus ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd. Bidh e a’ brosnachadh ceannas com-pàirteach, bidh co-obraichean a’ toirt taic do chàch a chèile agus nithear cinnteach gum bi daoine ag obair còmhla is a’ co-roinn fiosrachadh air dòighean-obrach thar roinnean foghlaim nan tràth-bhliadhnaichean, na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile. Thèid co-obrachadh air-loidhne a chur air dòigh tro ghoireasan iomchaidh air am bi cothrom aig a h-uile neach-oideachaidh. Bidh e glè chudromach gum faigh luchd-oideachaidh taic gus, agus gu bheil e comasach dhaibh, pàirt a ghabhail san lionra, agus mar sin thèid iarraidh air comainn phroifeiseanta luchd-teagaisg agus ùghdarrasan ionadail, mar fhastaichean, taic a chumail ri agus ceasnachadh a dhèanamh air molaidhean mionaideach a’ phrògram seo.</p>	A rèir Inbhean Proifeiseanta CCTA, bu chòir do gach neach-teagaisg, ceannard àite-ionnsachaidh is ceannard foghlaim Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs san obair aca.	<p>Taghadh farsaing de phoileasaidhean is suidheachaidhean ann an tràth-ionnsachadh, sgoiltean, agus ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd.</p> <p>Leasachadh proifeiseanta do luchd-oideachaidh.</p>	Foghlam Alba.	<p>Bidh dleastanasan na h-obrach comhairleachaidh seo air an dealbh ron earrach 2024, agus thèid an lionra a chur an gnìomh bhon fhoghar 2024.</p>
	4	Gnìomh Ùr	<p>A’ Bhuidheann Stiùiridh airson liS</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, agus gus am bi co-cheannas is obair chom-pàirteach ann airson liS, thèid Buidheann Stiùiridh ùr airson liS a stèidheachadh. Nì a’ Bhuidheann na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>a’ toirt stiùir do mar a thèid Plana Gnìomh ùr airson liS a dhealbh, a libhrigeadh is a chur an gnìomh;</li> <li>a’ co-òrdanachadh mar a thèid ar Gealladh, “Ceann-uidhe 2030”, a choileanadh;</li> </ul>	Bu chòir dòighean-obrach ro-innleachdail, nàiseanta a stèidheachadh gus taic a chumail ri Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	<p>Taghadh farsaing de phoileasaidhean is suidheachaidhean ann an tràth-ionnsachadh, sgoiltean, agus ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd.</p> <p>Ro-innleachd airson Ionnsachadh</p>	<p>Co-cheannas bhon Bhuidhinn Stiùiridh airson liS.</p> <p>Seirbheisean rùnaireachd bho Riaghaltas na h-Alba.</p>	<p>Thòisich i san t-Samhain 2022 – fhathast a’ dol.</p>

**Nòtaichean:**

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
			<ul style="list-style-type: none"> <li>a' stiùireadh is a' cumail suas co-bhanntachd airson liS agus a' brosnachadh uiread as motha as urrainnear de cho-obrachadh is co-òrdanachadh eadar buill is lionraidhean;</li> <li>a' dealbh is a' cur ro-innleachd chonaltraidh an sàs mar thaic dhan ghealladh "Ceann-uidhe 2030";</li> <li>a' dèanamh aithris do Mhinistearan na h-Alba air adhartas, agus;</li> <li>bidh iad air an stiùireadh is air an ceasnachadh le Buidheann Cheannais na Cloinne is Dhaoine Òga.</li> </ul>		Inbheach, Ro-innleachd airson Obair Òigridh (gu bhith air am foillseachadh).		
	5	Gnìomh Ùr	<p>liS ann am Planaichean, Inbhean is Prògraman Nàiseanta Mar thaic do "Cheann-uidhe 2030" airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach:</p> <p>5 a) Togaidh Riaghaltas na h-Alba air an obair a rinn iad ann an 2023 gus dèanamh cinnteach gum bi liS air a làn-fhighe a-steach dhan Fhrèam Leasachaidh Nàiseanta (FLN).</p> <p>5 b) Obraichidh Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba còmhla ris gach buidheann chom-pàirteach, a' gabhail a-steach bhuidhnean buntainneach bhon treas roinn a gheibh maoinachadh bhon riaghaltas, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' gabhail ealla ri liS sna prionnsapalan, inbhean, prògraman is planaichean corporra aca. Mar a' chiad cheum, nì Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba tomhas, ro dheireadh 2023, air mar a tha buidhnean/planaichean buntainneach a' gabhail ealla ri liS. Thèid buidheann sam bith le ceangal ri liS a bhrosnachadh agus a chuideachadh gus taic a chumail ris an iomairt seo gus cùisean atharrachadh agus ris a' phlana seo.</p>	Bu chòir dòighean-obrach ro-innleachdail, nàiseanta a stèidheachadh gus taic a chumail ri Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd.	<p>Leasachadh proifeiseanta do luchd-oideachaidh.</p> <p>Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd.</p> <p>Buidhnean bhon treas roinn.</p>	<p>5a Fo stiùir: Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>5b Fo stiùir: Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba.</p> <p>Taic bho gach buidheann buntainneach.</p>	<p>Ùrachaidhean eile air an FLN mus tèid fhoillseachadh aig deireadh 2023.</p> <p>Tomhas a dhèanamh air mar a tha buidhnean/planaichean a' gabhail ealla ri liS ro dheireadh 2023.</p>
	6	Gnìomh Ùr	<p>liS agus Coileanadh/Co-ionnanachd Mar thaic do "Cheann-uidhe 2030" airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach</p> <p>6 a) Ro dheireadh 2023, bidh Riaghaltas na h-Alba air sgrùdadh a dhèanamh air an fhianais a th' ann air a' cheangal eadar liS agus coileanadh/co-ionnanachd, gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuidheann a th' aig liS air builean airson luchd-ionnsachaidh.</p> <p>6 b) Ro dheireadh 2023, bidh Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba air taghadh beag, cuimsichte de ghnìomhan a dhealbh leis an amas liS</p>	Bu chòir do gach àite Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho	<p>Beàrn choileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.</p> <p>Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba.</p>	<p>6a Fo stiùir: Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>6b Fo stiùir: Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba.</p>	Bidh an sgrùdadh deiseil ro dheireadh 2023.

**Nòtaichean:**

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
			fhighe a-steach, gu ìre nas motha, dhan Phrògram, Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.	cheannardan aig gach ìre.			
	7	Gnìomh air a Neartachadh	<p>A' Tomhas Soirbheachadh is a' Toirt Piseach air Cùisean Mar thaic do "Cheann-uidhe 2030" airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach</p> <p>7 a) Obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri prìomh luchd-compàirt gus Prìomh Chomharran ùra airson liS a dhealbh is a chur an gnìomh a ghabhas cleachdadh anns gach suidheachadh – me, àite ionnsachaidh, ìre ionadail, ìre roinneil agus ìre nàiseanta. Tha e na amas dhan riaghaltas na comharran ùra fhoillseachadh ro mheadhan 2024. Thèid an obair a dhèanamh ann an co-bhuinn ri luchd-oideachaidh, clann is daoine òga agus nithear cinnteach, leis na comharran ùra, gun tèid ealla a ghabhail ri slatan-tomhais buntainneach a th' ann an-dràsta feuch am bi modhan-obrach co-aonaichte ann airson gach ìre dhen t-siostam – nàiseanta, ionadail is àite-ionnsachaidh – gus sgrùdadh is measadh a dhèanamh, agus dearbhadh a thoirt seachad, air an adhartas a nithear mu choinneamh gnìomhan a' phlana seo.</p> <p>7 b) Ma/nuair a thèid ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air an fhrèam airson deagh-ghnè airson sgrùdaidhean air àiteachan foghlaim – 'Dè cho Math 's a tha ar Sgoil?' – beachdaichidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam (HMIE) air mar as urrainnear ealla a ghabhail ri liS gu ìre nas motha san fhrèam. Cuideachd, agus mar phàirt dhen dleastanas aca gus beachdachadh air cuspairean freagarrach airson sgrùdaidhean-raoin nàiseanta, beachdaichidh HMIE air mar a dh'fhaodadh gu bheil sgrùdadh-raoin nàiseanta a dhith airson liS.</p> <p>7 c) Beachdaichidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air mar as urrainnear ealla a ghabhail ris a' phlana, "Ceann-uidhe 2030" Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, ann am frèamaichean-obrach a thèid a dhealbh san àm ri teachd airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne.</p>	Bu chòir do gach àite Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho cheannardan aig gach ìre.	Ìrean coileanaidh is piseach air cùisean air feadh siostam an fhoghlaim, TIC is ILC a thuilleadh air raointean freagarrach eile thar Riaghaltas na h-Alba.	7a Fo stiùir: Riaghaltas na h-Alba.  7b Fo stiùir: HMIE.  7c Fo stiùir: Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim	A' tòiseachadh as t-Earrach 2023, deiseil meadhan 2024.  Clàr-ama ri dhearbhadh ma/nuair a thèid ath-sgrùdadh/ùrachadh a dhèanamh air "Dè cho Math 's a tha ar Sgoil?".  Clàr-ama ri dhearbhadh a rèir a' chlàir-ama a bhios ann gus frèam a dhealbh airson seirbheisean TIC, a' gabhail a-steach coimhead às dèidh cloinne agus cùram-chloinne do chloinn aois sgoile. Air a

**Nòtaichean:**

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
							choileanadh ron Ghiblean 2024.
	8	Gnìomh Ùr	<p>Poileasaidhean Co-aonaichte airson liS Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach</p> <p>8 a) Cruthaichidh Riaghaltas na h-Alba uiread chothroman as urrainnear gus liS fhighe a-steach do dh’ath-leasachaidhean nas fharsainge air foghlam, agus iad a’ dèanamh measadh as ùr air na ceanglaichean eadar liS agus ath-leasachaidhean foghlaim ro dheireadh na Dùbhlachd 2023.</p> <p>8 b) Nì Riaghaltas na h-Alba feum de lionraidhean taobh a-staigh an riaghaltais agus thar sheirbheisean catharra na RA airson na dòighean-obrach is an fheallsanachd th’ aig Alba a thaobh liS a roinn le càch san RA agus gu h-eadar-nàiseanta, agus gus ionnsachadh bho dhùthchannan eile.</p> <p>8 c) Stèidhichidh Riaghaltas na h-Alba taghadh de ghnìomhan sònraichte mar thaic do, agus gus leasachadh a thoirt air, liS ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG). Le seo, bithear a’ gabhail ealla ri agus a’ togail air obair a tha ga dèanamh mu thràth airson dèanamh cinnteach gu bheil cùrsaichean ceannais buntainneach rim faighinn ann an Gàidhlig.</p>	Bu chòir dòighean-obrach ro-innleachdail, nàiseanta a stèidheachadh gus taic a chumail ri Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	<p>Ath-leasachaidhean foghlaim.</p> <p>Beàrn choileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.</p> <p>Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG).</p> <p>Taghadh farsaing de phoileasaidhean nas fharsainge leithid chòraichean pàiste, atharrachadh na gnàth-shìde, eaconamaidh chuirteagach, bith-iomadachd, ro-innleachdan eaconamach, leasachaidhean eadar-nàiseanta, Bile airson Math Dhaoine is Leasachadh Seasmhach, foghlam adhartach is àrd-ìre, tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, ionnsachadh is</p>	8 a – c: Riaghaltas na h-Alba.	<p>Measadh air liS agus ath-leasachaidhean foghlaim air an dèanamh as t-Fhoghar 2023.</p> <p>Tòisichidh RnA air lionraidhean na RA agus eadar-nàiseanta a leasachadh sa Ghiblean 2023 agus leanaidh an obair sin gu 2030.</p> <p>Thèid na gnìomhan airson liS is FMG a dhealbhadh tràth ann an 2024.</p>

**Nòtaichean:**

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
					leasachadh coimhearsnachd.		
	9	GNÌOMH ÙR	<p>liS agus Ceannas is Inbhean Proifeiseanta</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Foghlam Alba còmhla ri luchd-compàirt freagarrach gus dèanamh cinnteach gu bheil liS air fhighe a-steach, gu ìre nas motha, anns gach prògram ceannais buntainneach thar roinnean nan sgoiltean, an tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, FMG agus na roinne airson ionnsachadh coimhearsnachd agus ga thoirt seachad a rèir nan inbhean buntainneach co-cheangailte ri Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba agus Comhairle nan Inbhean airson Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Bidh an obair seo air a cheangal gu dlùth ris an obair gus lìonra comhairleachaidh a stèidheachadh airson liS.</p>	A rèir Inbhean Proifeiseanta Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, bu chòir do gach neach-teagaisg, ceannard àite-ionnsachaidh is ceannard foghlaim Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs san obair aca.	Taghadh farsaing de phoileasaidhean is suidheachaidhean ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, sgoiltean, agus ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd.	Foghlam Alba.	Thèid prògraman buntainneach a chomharrachadh ro dheireadh 2023; thèid geallaidhean a stèidheachadh le luchd-compàirt freagarrach bho thràth ann an 2024.

Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

## Raon 2: An Curraicealam, Ionnsachadh, Teagasg is Measadh

Tha clann is daoine òga ag iarraidh gum bi cothroman aca gus pàirt a ghabhail ann an obair is gnìomhachd co-cheangailte ri liS agus gun urrainn dhaibh teisteanasan a chosnadh mar fhianais air an ionnsachadh sin. Tha an raon seo mu dheidhinn an oideachaidh is an eòlais a gheibh luchd-ionnsachaidh agus mun taic a th' ann do luchd-oideachaidh gus ionnsachadh brosnachail, buntainneach is buadh-mhor a thoirt seachad co-cheangailte ri seasmhachd.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
An Curraicealam, Ionnsachadh, Teagasg is Measadh	10	Gnìomh Ùr	<p>Teisteanasan is Slighean Ionnsachaidh liS</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, bheir Com-pàirteachas Frèam Chreideasan is Theisteanasan na h-Alba (SCQF) taic a bharrachd do gach buidheann a tha a’ libhrigeadh prògram agus a tha an sàs ann a bhith a’ dealbh theisteanasan ùra co-cheangailte ri liS. Tha e na amas dèanamh cinnteach gun urrainnear aithne a thoirt do leithid a phrògraman agus gun gabh am measadh a thaobh creideasan feuch an gabh an cur ri Frèam an SCQF.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid crìoch a chur air Ìre 1 dhen obair seo sa bhliadhna ionmhais 22/23.</li> <li>Thèid Ìre 2 dhen phrògram seo a chumail sa bhliadhna ionmhais 23/34.</li> </ul>	Bu chòir làn-chòir a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh air ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	Slighean Luchd-ionnsachaidh, Ath-sgrùdadh Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidhean, Còmhradh Nàiseanta air Foghlam.	Com-pàirteachas an SCQF.	Thèid crìoch a chur air Ìre 1 dhen obair seo sa bhliadhna ionmhais 22/23.
	11	Gnìomh air a Neartachadh	<p>Com-pàirteachas Co-obrachail airson liS</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba agus buidhnean nàiseanta buntainneach còmhla ri luchd-compàirt gus coimhead air mar a ghabhas taic is comhairle nas fheàrr a thoirt seachad mar thaic do cho-obrachadh airson liS aig ìre nàiseanta, ionadail, roinneil agus “ìre co-chruinneachaidh” ionadail. Cuideachd, obraichidh HMIE gus eisimpleirean de dheagh dhòighean-obrach a cho-roinn tro mheadhanan freagarrach.</p>	Bu chòir do gach àite Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho cheannardan aig gach ìre.	Leasachadh Proifeiseanta airson Luchd-oideachaidh, Caidreachasan Leasachaidh Roinneil.	Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, HMIE, CSFA agus buidhnean nàiseanta buntainneach.	Thèid an aithisg a thoirt dhan Bhuidhinn Stiùiridh airson liS ro mheadhan 2024.
	12	Gnìomh Ùr	<p>Com-pàirteachas Co-obrachail airson liS aig Ìre Roinneil is Nàiseanta</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, neartaichidh Foghlam Alba agus nì iad ceanglaichean eadar is co-òrdanachadh air lionraidhean liS gus an urrainn dhaibh a bhith aig teis-mheadhan na h-iomairt gus cùisean atharrachadh mar a tha dhith sa phlana ghnìomh seo. Am measg na feadhna a bhios nam buill de na lionraidhean tha:</p>	Bu chòir dòighean-obrach ro-innleachdail, nàiseanta a stèidheachadh gus taic a chumail ri Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	Ceannas, Leasachadh Proifeiseanta airson Luchd-oideachaidh, Caidreachasan Leasachaidh Roinneil.	Foghlam Alba.	Bidh na lionraidhean air an cur an gnìomh is air an ceangal ro dheireadh a’ Mhàirt 2024.

### Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ughdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.



Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro- innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
			<ul style="list-style-type: none"> <li>• daoine ann an dreuchdan poileasaidh is buidhnean nàiseanta</li> <li>• daoine ann an dreuchdan ro-innleachdail is leasachaidh aig ìre ionadail is roinneil</li> <li>• ceannardan is luchd-obrach foghlaim</li> <li>• clann is daoine òga (faicibh gnìomh 4.3)</li> <li>• daoine ann am buidhnean com-pàirteach is luchd-ùidhe</li> </ul>				

**Nòtaichean:**

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

### Raon 3: An Àrainneachd Ionnsachaidh, Goireasan is Luchd-obrach

Tha ionnsachadh a-muigh na phàirt glè chudromach dhen raon seo. Ann an rannsachadh Pàrlamaid na Cloinne a chaidh a chleachdadh ann a bhith a’ dealbh a’ phlana seo, chaidh iarraidh “Gum bi cothrom aig a h-uile duine-cloinne air ionnsachadh a-muigh air feadh na bliadhna sgoile” agus “Gum bi ionnsachadh a-muigh mar phàirt de gach cuspair san sgoil”. Ach, tha barrachd air dìreach ionnsachadh a-muigh ann. Sheall an rannsachadh airson a’ phlana seo gu bheil luchd-ionnsachaidh is luchd-oideachaidh airson dèanamh cinnteach gu bheil na h-àiteachan-ionnsachaidh aca a’ cur dhòighean-obrach an sàs a tha a’ gabhail ealla ris an àite-ionnsachaidh air fad agus ris a’ choimhearsnachd. Mar sin, tha an raon seo a’ gabhail a-steach gach nì a bheir buaidh air an àrainneachd ionnsachaidh: goireasan is luchd-obrach leithid nan daoine a tha a’ gabhail pàirt san àrainneachd ionnsachaidh, na togalaichean, làraich, àiteachan coimhearsnachd agus ceanglaichean ri nàdar is stòrasan de sheòrsaichean eile. ’S e a tha fa-near dhuinn leis an raon seo, gach ceum as urrainn do dh’àiteachan foghlaim, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta a ghabhail gus taic a chumail ri cothromachadh-carboin, còraichean cloinne agus saoranachd. Ceumannan leithid mhodhan solarachaidh, poileasaidhean is ro-innleachdan ionadail agus airson àiteachan foghlaim, aontaidhean frèama, cùmhnantan, còmhdhail, stuthan, obair ghleidhidh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
An Àrainneachd Ionnsachaidh, Goireasan is Luchd-obrach	13	Gnìomh Ùr	<p>An Oighreachd Ionnsachaidh – Bacaidhean is Fuasglaidhean</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach</p> <p>13 a) Obraichidh Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba còmhla gus na modhan-obrach is poileasaidhean as motha a tha a’ cur bacadh air dòighean-obrach fad-sgoile a thaobh liS a chomharrachadh, agus nithear aithris air sin dhan Bhuidhinn Stiùiridh airson liS. San obair seo, bheirear sùil air cùisean leithid solarachadh is poileasaidhean (me, a’ roghnachadh luchd-solair cumhachd, seirbheisean-bìdh/cò às a gheibhear biadh agus solarachadh-bìdh, a’ faotainn uidheamachd, seirbheisean còmhdhail, cunnradairean airson obair-ghleidhidh agus na dòighean-obrach aca) agus air bacaidhean nas fharsainge a thaobh chùisean ro-innleachdail is ceannais.</p> <p>13 b) Nì Foghlam Alba obair thrusaidh gus eisimpleirean de dheagh dhòighean-obrach fad-àite airson liS a chruinneachadh is a sgaoileadh. Thèid prìomh eisimpleirean agus liosta de na prìomh bhuidhnean taice, prògraman is tobraichean maoineachaidh fhoillseachadh tron ghoireas-lìn ùr airson liS.</p>	<p>Bu chòir do gach àite ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho cheannardan aig gach ìre.</p> <p>Bu chòir do gach togalach, làrach agus poileasaidh aig àite-ionnsachaidh taic a chumail ri ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.</p>	Ro-innleachd Oighreachd nan Sgoiltean, Ro-innleachd Àrainneachd airson Alba, Ro-innleachd airson Bith-iomadachd, Cothromachadh-carboin, Frèam Planaidh Nàiseanta 4 – nàbaidheachd 20 mionaid.	Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba.	<p>Tòisichidh an obair air “Bacaidhean” ann am meadhan 2023, bidh e deiseil/bidh aithisg ann ro dheireadh a’ Mhàirt 2024.</p> <p>Tòisichidh an trusadh as t-fhoghar 2023, thèid a chrìochnachadh as t-samhradh 2024.</p>

Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
	14	Gnìomh Ùr	<p>Oighreachd Ionnsachaidh “a tha a rèir liS” – Stiùireadh is Poileasaidhean Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach:</p> <p>14 a) Obraichidh Urras na h-Alba airson an Ama ri Teachd còmhla ri prìomh luchd-compàirt, leithid na Buidhne Stiùiridh airson liS, Riaghaltas na h-Alba (an sgioba airson Maoineachadh, Bun-structair is Eagrachadh Sgoiltean) agus ùghdarrasan ionadail gus ùghdarrasan a bhrosnachadh gu bhith a’ cur nan “10 prionnsapalan” aig Ro-innleachd Oighreachd Ionnsachaidh na h-Alba an sàs ann an stiùiridhean oighreachd agus Ro-innleachdan Oighreachd Ionnsachaidh nan Ùghdarrasan Ionadail.</p> <p>14 b) Ma thachras gun tèid Riaghailtean airson Àrainnean Sgoiltean ùrachadh, nì Riaghaltas na h-Alba conaltradh ri ùghdarrasan ionadail gus beachdachadh gu cùramach air liS nuair a thathar ag ùrachadh nan riaghailtean sin.</p> <p>14 c) Cuiridh Riaghaltas na h-Alba ceumannan an sàs gus dèanamh cinnteach gun neartaich gach buidheann buntainneach bhon treas roinn – a tha ag obair ann an àiteachan foghlaim agus a gheibh tabhartas-maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba – na riatanasan aca a thaobh mar dh’fheumas an oighreachd is goireasan calpa aca a bhith freagarrach airson liS. Bithear gu h-àraidh a’ gabhail ealla ris na thathar a’ sùileachadh san Stiùireadh a thaobh liS airson Dealbhachadh Oighreachdan.</p>	Bu chòir do gach togalach, làrach agus poileasaidh aig àite-ionnsachaidh taic a chumail ri Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	An Ro-innleachd Cluiche, Ro-innleachd Àrainneachd airson Alba, Ro-innleachd airson Bith-iomadachd, Plana airson Atharrachadh na Gnàth-shìde, Ro-innleachd airson Teas ann an Togalaichean, Ro-innleachd Lùtha na h-Alba.	Urras na h-Alba airson an Ama ri Teachd.	Tòisichidh obair air gach gnìomh sa Ghiblean 2023 le foillseachadh Plana liS nas làidire agus thèid sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air adhartas leis a’ Bhuidhinn Stiùiridh airson liS.
	15	Gnìomh Ùr	<p>Oighreachd Ionnsachaidh “a tha a rèir liS” – Stiùiridhean is Goireasan</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba còmhla ri prìomh luchd-compàirt gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a’ cleachdadh a’ ghoireis airson Measadh Àite mar ghoireas curraicealaim, agus mar phàirt cudromach de phlanadh coimhearsnachd is modhan-planaidh àite agus nuair a thathar ag ullachadh stiùireadh dealbhachaidh airson àiteachan ionnsachaidh.</p>	Bu chòir do gach àite Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho cheannardan aig gach ìre.	An Ro-innleachd Cluiche, Ro-innleachd Àrainneachd airson Alba.	Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba.	Tòisichidh seo sa Ghiblean 2023 agus thèid sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air adhartas leis a’ Bhuidhinn Stiùiridh airson liS.

Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
	16	Gnìomh Ùr	<p>Ionnsachadh A-muigh an Lùib liS Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach:</p> <p>16 a) Cruthaichidh Riaghaltas na h-Alba raon-obrach poileasaidh ùr airson Ionnsachadh A-muigh. Bheir buidheann-obrach nàiseanta taic dhan obair seo agus nì iad aithris do Mhinistearan na h-Alba. Thèid iarraidh air a’ Bhuidhinn taghadh de ghnìomhan a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine-cloinne cothrom air ionnsachadh a-muigh de gach seòrsa.</p> <p>16 b) Obraichidh NàdarAlba còmhla ri luchd-compàirt ionchaidh gus: daoine a bhrosnachadh gu bhith a’ cleachdadh Mapa Nàdair na h-Alba, agus; obair dhearbhadh a dhèanamh far am bithear a’ cleachdadh Mapa Nàdair na h-Alba agus goireasan eile gus ceangal a dhèanamh eadar àiteachan foghlaim agus lionraidhean nàdair agus gus barrachd feum a dhèanamh de raointean-uaine ionadail.</p>	<p>Bu chòir do gach àite Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs air feadh an àite-ionnsachaidh ann an dòighean a tha buadhach, a ghabhas dearbhadh, a thèid a mheasadh agus a gheibh taic bho cheannardan aig gach ìre.</p> <p>Bu chòir do gach togalach, làrach agus poileasaidh aig àite-ionnsachaidh taic a chumail ri Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.</p>	Ionnsachadh a-muigh.	<p>Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>NàdarAlba.</p>	<p>Bidh an raon-obrach ùr airson ionnsachadh a-muigh is a’ bhuidheann-obrach nàiseanta air an stèidheachadh ro dheireadh 2023.</p> <p>Thèid sanasachd is obair dhearbhadh a dhèanamh bhon Ghiblean 2023.</p>

**Nòtaichean:**

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

## Raon 4: Guthan, Roghainnean is Gnìomhan an Luchd-ionnsachaidh

Le liS thathar ag iarraidh taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh gus roghainnean fiosrach a dhèanamh a thaobh an cuid ionnsachaidh, agus an cuideachadh gus adhartas a dhèanamh, gus soirbheachadh agus gus am bi barrachd comais is misneachd aca. Tha e mar phrìomh phrionnsapal sa phlana seo an ceangal bunaiteach aithneachadh a tha eadar còraichean agus an fheallsanachd aig liS, a thaobh Guthan, Roghainnean is Gnìomhan an Luchd-ionnsachaidh. Thathar ag amas air saoghal sgoile a chruthachadh far a bheil còraichean air am fighe a-steach dhan ionnsachadh, agus, thathar ag amas air taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus gnìomhan a dhèanamh agus soirbheachadh le bhith a' toirt atharrachadh air cùisean mar shaoranaich ionadail is chruinneil.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
Guthan, Roghainnean is Gnìomhan an Luchd-ionnsachaidh	17	Gnìomh Ùr	Com-Pàirteachas Co-Obrachail airson liS  Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” agus gu sònraichte airson dèanamh cinnteach gum bithear fhathast a’ dèanamh co-chonaltradh brioghmhor ri luchd-ionnsachaidh mun phlana seo, cuiridh Riaghaltas na h-Alba Buidhnean Ceannais Cloinne is Dhaoine Òga nàiseanta air dòigh airson liS. Thèid iarraidh air na buidhnean sin cuid de phrìomh bhuilean a’ phlana seo a cho-dhealbhadh leithid goireas-lìn liS ùr agus Prìomh Chomharran airson liS.	Bu chòir làn-chòir a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh air Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	CDACP, Còmhradh Nàiseanta, Dùthaich le Cothromachadh-carboin.	Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean cloinne is dhaoine òga.	Tòisichidh obair dhealbhadh is stèidheachaidh airson nam buidhnean sa Ghiblean 2023, agus tòisichidh an obair aca gu ceart nas fhaide air 2023.
	18	Gnìomh Ùr	Com-Pàirteachas Co-Obrachail airson liS  Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, agus ann an co-bhuinn ris an obair gus lionra comhairleachaidh a stèidheachadh do luchd-oideachaidh, cuiridh Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba lionraidhean cho-aoisean liS air chois airson clann is daoine òga. Bidh na lionraidhean a’ togail air comataidhean eco a th’ ann mu thràth, bidh iad air an dealbh gus daoine òga a chuideachadh le bhith a’ togail cheanglaichean nas làidire ri càch a chèile, le bhith a’ com-pàirteachadh an eòlais a th’ aca air liS, agus le bhith a’ toirt seachad fios do chàch a chèile air na dòighean a th’ aca gus cùisean atharrachadh san àite fhoghlaim aca.	Bu chòir làn-chòir a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh air Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	CDACP, Còmhradh Nàiseanta, Dùthaich le Cothromachadh-carboin.	Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba agus buidhnean cloinne is dhaoine òga.	Thèid an t-amas seo a thoirt air adhart an toiseach ann an 2023/24 agus thèid na lionraidhean a chur an gnìomh ann an 2024/25.
	19	Gnìomh air a Neartachadh	Teisteanasan is Slighean Ionnsachaidh airson liS  Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach  20 a) Obraichidh Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) còmhla ri Foghlam Alba, Frèam Chreideas na h-Alba agus buidhnean eile, gus dèanamh cinnteach gu bheil liS follaiseach, agus gun cumar taic ris, anns gach teisteanas is slighe ionnsachaidh a th’	Bu chòir làn-chòir a bhith aig a h-uile neach-ionnsachaidh air Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd.	Slighean Luchd-ionnsachaidh, Ath-sgrùdadh Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidhean, Còmhradh Nàiseanta air Foghlam.	An SQA, Foghlam Alba agus Com-pàirteachas an SCQF agus LSA.	Tòisichidh an obair sa Ghiblean 2024 agus leanaidh i gu deireadh a’ phlana seo.

### Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a gnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ gnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Nearthachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro- innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
			<p>ann, agus san fheadhainn ùra, agus tha sin a' gabhail a-steach nuair a thèid teisteanasan ùra a dhealbh.</p> <p>20 b) Obraichidh Leasachadh Sgilean na h-Alba (LSA) còmhla ri prìomh luchd-compàirt gus na dòighean a chomharrachadh, agus a shanasachd, sam faod teisteanasan is slighean ionnsachaidh le ceangal ri liS cothrom a thoirt do dhaoine air dreuchdan sàr mhath, leithid obraichean uaine a thig bho mar a tha sinn a' gluasad gu cothromachadh-carboin. Leis a' ghnìomh seo, bithear ag amas gu h-àraidh air taic do luchd-ionnsachaidh – a tha a' dol bho fhoghlam sgoile gu colaiste, oilthigh no obair – gus slighean dreuchdail a roghnachadh a bheir taic do shaoghal seasmhach san àm ri teachd, leithid 'obraichean uaine'. Am measg a' phrìomh luchd-compàirt bidh, Foghlam Alba, A' Bhuidheann Stiùiridh Coileanaidh airson Plana Gnìomh Sgilean airson Staing na Gnàth-shìde, Comann Àrainneachd nan Oilthighean is nan Colaistean (EAUC), buidhnean, lìonraidhean is prògraman airson a bhith a' Cruthachadh Feachd-obrach Òg.</p>				

**Nòtaichean:**

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

## Raon 5: Ciall is Tuigse

B' e aon de phrìomh thoraidhean an rannsachaidh a rinneadh airson a' phlana seo, gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil tuigse cheudna aig gach neach-ùidhe air na tha liS a' ciallachadh, agus air prionnsapalan is farsaingeachd liS. Leis an raon Ciall is Tuigse, thathar ag iarraidh gum bi mìneachadh is slatan-tomhais nas soilleire ann airson liS feuch am bi e nas fhasa do luchd-oideachaidh, ceannardan ann an sgoiltean, ionadan tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, àiteachan-ionnsachaidh coimhearsnachd, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean foghlaim a dhol an sàs ann.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
Ciall is Tuigse	20	Gnìomh Ùr	<p>“Ceann-uidhe 2030” liS – Taic is Comhairle – Goireas-lìn liS</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, bidh Foghlam Alba, le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba, a' coimiseanadh Goireas-lìn liS anns am bi fiosrachadh air gach raon is taobh de liS. Nithear na leanas air a' ghoireas ùr:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• bidh cothrom ann dhan a h-uile duine tuigse air liS, agus na prionnsapalan is dòighean-obrach co-cheangailte ris, a roinn le càch.</li> <li>• a' roinn eisimpleirean practaigeach de dh'obair is dòighean-obrach le càch.</li> <li>• bidh cothrom air goireasan is comhairle phragtaigeach “a tha freagarrach airson luchd-oideachaidh/daoine òga”.</li> <li>• bidh fiosrachadh ann air na cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a th' ann.</li> <li>• thèid a cho-dhealbhadh le taic bho luchd-oideachaidh, clann is daoine òga.</li> <li>• bithear ag amas air taic a dh'aona-ghnothach a thoirt do dhaoine ann an sgìrean dùthchail, iomallach, eileanach agus bochda, gus dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd ann.</li> <li>• thèid cumail ris a' phrionnsapal, “Didseatach mar Chiad Roghainn”.</li> </ul>	Bu chòir dòighean-obrach ro-innleachdail, nàiseanta a stèidheachadh gus taic a chumail ri Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd (liS).	Cinn-uidhe airson Leasachadh Seasmhach, Leasachadh Proifeiseanta airson Luchd-oideachaidh.	Foghlam Alba le taic bhon Bhuidhinn Stiùiridh airson liS.	Bithear a' coimiseanadh seo san Dàmhair 2023, agus bidh an goireas deiseil san Lùnastal 2024.
	21	Gnìomh air a Neartachadh	<p>Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-Beatha Dhreuchdail (IPFBD) airson liS – Ceannas is Inbhean</p> <p>Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, bheir Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (CCTA) piseach air a' cho-chonaltradh a th' aca le luchd-teagaisg gus dèanamh cinnteach gu bheil liS air fhisge a-steach do dh'obair-theagaisg a rèir amasan ro-innleachdail ùra CCTA. Mar phàirt de sin, nithear tuilleadh sanasachd is leasachaidh air Goireas liS CCTA agus thèid beachdachadh air mar as fheàrr as urrainn do CCTA taic a chur ris a'</p>	A rèir Inbhean Proifeiseanta CCTA, bu chòir do gach neach-teagaisg, ceannard àite-ionnsachaidh is ceannard foghlaim Ionnsachadh a dh'ionnsaigh	Leasachadh Proifeiseanta airson Luchd-oideachaidh.	CCTA agus ionadan airson Ciad-fhoghlam Luchd-teagaisg.	Tòisichidh an obair sa Ghiblean 2024 agus leanaidh i gu deireadh a' phlana seo.

### Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
			phàirt co-cheangailte ri luchd-teagaisg sa ghealladh ùr, “Ceann-uidhe 2030”.	Seasmhachd a chur an sàs san obair aca.			
	22	Gnìomh Ùr	IPFBD airson liS – Ceannas is Inbhean  Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (CSSA) agus luchd-compàirt iomchaidh eile gus rannsachadh agus aithris a dhèanamh air mar a bu chòir liS fhisge a-steach gu ìre nas motha do gach bun-theisteanas airson Obair le Clann agus do na slighean TNA <sup>1</sup> agus TDA <sup>2</sup> gu tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne. Cuidichidh sin le bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne aig gach ìre a’ cur ris na sgilean liS aca a rèir Frèam Ro-innleachdail airson Luchd-dreuchd na h-Alba airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne do Chloinn Aois Sgoile.	A rèir Inbhean Proifeiseanta CCTA, bu chòir do gach neach-teagaisg, ceannard àite-ionnsachaidh is ceannard foghlaim Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs san obair aca.	Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne.	Riaghaltas na h-Alba, an SQA agus CSSA.	Tòisichidh an rannsachadh as t-Earrach 2023, nithear aithris air tràth ann an 2024.
	23	Gnìomh air a Neartachadh	IPFBD airson liS – Ceannas is Inbhean  Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (CSSA) gus dèanamh cinnteach: <ul style="list-style-type: none"> <li>• gun tèid dòighean-obrach airson liS ann am foghlam tràth-ionnsachaidh a sgaoileadh is a cho-roinn am measg an luchd-obrach air fad a rèir Frèam Ro-innleachdail airson Luchd-dreuchd na h-Alba airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne do Chloinn Aois Sgoile;</li> <li>• gun tèid liS fhisge a-steach do gach slighe ionnsachaidh is slighe eile a leanas daoine gus a dhol an sàs ann an tràth-ionnsachadh agus ionnsachadh coimhearsnachd, agus;</li> <li>• gum bithear a’ coimhead air liS ann an Còd Obrach CSSA airson luchd-obrach tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne agus luchd-obrach ionnsachadh coimhearsnachd.</li> </ul>	A rèir Inbhean Proifeiseanta CCTA, bu chòir do gach neach-teagaisg, ceannard àite-ionnsachaidh is ceannard foghlaim Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs san obair aca.	A’ Coileanadh an Amais, A’ Cluiche A-muigh, Frèam Ro-innleachdail airson Luchd-dreuchd na h-Alba airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne do Chloinn Aois Sgoile.	Riaghaltas na h-Alba agus CSSA.	Tòisichidh an obair sa Ghiblean 2024 agus leanaidh i gu deireadh a’ phlana seo.

<sup>1</sup> TNA: Teisteanas Nàiseanta Àrd-ìre

<sup>2</sup> TDA: Teisteanas Dreuchdail na h-Alba

**Nòtaichean:**

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùram chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.



Raointean	Àir.	Gnìomh Ùr / Gnìomh air a Neartachadh	Gnìomhan	Lèirsinn 2030+ Amas Ro-innleachdail	Co-theacsa phoileasaidhean is obrach	Fo stiùir	Clàr-ama
	24	Gnìomh air a Neartachadh	IPFBD, Ceannas is Inbhean  Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, stèidhichidh Foghlam Alba agus Comhairle Dheadhan Foghlaim na h-Alba (CDFA) buidheann-obrach nàiseanta ùr a chruthaicheas dòigh choitcheann nàiseanta gus taic a thoirt do liS ann an Ciad-fhoghlam Luchd-teagaisg.	A rèir Inbhean Proifeiseanta CCTA, bu chòir do gach neach-teagaisg, ceannard àite-ionnsachaidh is ceannard foghlaim Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs san obair aca.	Leasachadh Proifeiseanta airson Luchd-oideachaidh.	Foghlam Alba agus Comhairle Dheadhan Foghlaim na h-Alba.	Bidh a’ bhuidheann-obrach air a stèidheachadh ro dheireadh na Dùbhlachd 2023.
	25	Gnìomh Ùr	IPFBD, Ceannas is Inbhean  Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba agus Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (CSSA) còmhla ri luchd-solair phrògraman tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil liS air fhisghe a-steach, agus gu bheilear a’ gabhail ealla ris, ann an inbhean airson bun-theisteanasan airson Obair le Clann agus sna slighean TNA <sup>3</sup> agus TDA <sup>4</sup> gu tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne.	A rèir Inbhean Proifeiseanta CCTA, bu chòir do gach neach-teagaisg, ceannard àite-ionnsachaidh is ceannard foghlaim Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd a chur an sàs san obair aca.	Leasachadh Proifeiseanta airson Luchd-oideachaidh.	Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba agus CSSA.	Tòisichidh an obair sa Ghiblean 2024 agus leanaidh i gu deireadh a’ phlana seo.

<sup>3</sup> TNA: Teisteanas Nàiseanta Àrd-ìre

<sup>4</sup> TDA: Teisteanas Dreuchdail na h-Alba

Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin

Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

# Coileanadh

## Dòighean-obrach Co-obrachail, Sùbailte is Mothachail

Gus liS fhighhe a-steach dhan churraicealam, agus gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile neach-ionnsachaidh cothrom air, tha sùbailteachd is cruthachalachd a dhìth. Cuideachd, tha taic is gnìomhan leantainneach a dhìth bhon a h-uile duine gus a chur an sàs. Gus am plana seo a chur an gnìomh tha taic is dealas a dhìth “bhuainne” – na daoine is na buidhnean a dhealbhadh am plana nàiseanta seo – agus taic “bhuaibhse” – luchd-oideachaidh, clann is daoine òga.

'S iad beachdan an Luchd-oideachaidh, an Luchd-ionnsachaidh, Phàrantan agus an Luchd-chùraim a bhios a' stiùireadh mar a thèid am plana seo a chur an gnìomh, agus gheibh e taic bho na buidhnean nàiseanta a leanas

## Na tha sinn a' sireadh bho luchd-ionnsachaidh, luchd-oideachaidh is prìomh luchd-stiùiridh

Faodaidh a h-uile duine cuideachadh leis an iomairt seo agus 's urrainn dhuibh taic phrìseil a thoirt dhuinn gus ar lèirsinn choitcheann nàiseanta a thoirt gu buil. Feumaidh #Sgiobanah-Alba a bhith againn.

- **Luchd-ionnsachaidh** – Thathar ag iarraidh oirbhe innse dhan riaghaltas mu na rudan a tha cudromach dhuibh, tagradh a dhèanamh gus am faigh sibh cothrom pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean a bheir buaidh oirbh, agus dòighean a lorg airson a dhol an sàs gu gnìomhach ann an ionnsachadh is gnìomhan liS san àite-ionnsachaidh agus sa choimhearsnachd agaibh feuch am faigh sibh cothrom mar bu chòir air liS.
- **Luchd-oideachaidh** – Tha sibhse – tidsearan, luchd-obrach tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne is ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd, luchd-obrach òigridh is luchd-com-pàirt bhon treas roinn – uile a' nochdadh dìoghras mu thràth airson liS agus chithear fianais air an sin tron ionnsachadh sa bheil sibh a' dol an sàs gach latha. Fhad 's a tha sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh “Ceann-uidhe 2030” ùr, tha an riaghaltas ag iarraidh oirbh liS a dhlùth-fhighhe a-steach dhan churraicealam, ionnsachadh, teagasg is measaidhean agaibh agus gun innis sibh do chàch mu mar a rinn sibh liS na phàirt dhen obair agaibh.
- **Prìomh Luchd-stiùiridh** – Thathar a' cur dùbhlàn ro phrìomh luchd-stiùiridh a tha ag obair ann an no le àiteachan foghlaim leithid sgoiltean, ionadan tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, àiteachan/luchd-solair ionnsachadh coimhearsnachd no obrach-òigridh, colaistean agus ionadan foghlaim adhartach gus beachdachadh air na ghabhas dèanamh a thaobh liS agus gus fhighhe a-steach do na planaichean leasachaidh agaibh, dhar n-àrd-amasan is dhan ro-innleachd airson an àite-ionnsachaidh agaibh.
- **Ceannardan ionadail is nàiseanta** leithid Chomhairlichean, Stiùirichean Foghlaim no luchd-co-dhùnaidh aig ìre roinneil no nàiseanta, thathar ag iarraidh oirbhe dèanamh cinnteach gum bithear a' gabhail ealla ris a' phlana seo san t-sealladh agus sna dòighean-obrach farsaing agaibh. Tha sinn ag iarraidh oirbh ceannas a nochdadh, agus gun cuir sibh dùbhlàn ro cheannardan eile agus ro ur co-obraichean gus dòighean-obrach a dhealbhadh is a chur an gnìomh a bheir “Ceann-uidhe 2030” gu buil.

## Ar geallaidhean do luchd-ionnsachaidh, luchd-oideachaidh is prìomh luchd-stiùiridh

**Tha sinn air cur romhainn co-cheannas a chur an sàs.** Stèidhich Riaghaltas na h-Alba a' Bhuidheann Stiùiridh nàiseanta airson liS gus am plana a cho-òrdanachadh is a chur an gnìomh, agus sin a' gabhail a-steach “Ceann-uidhe 2030” agus gach gnìomh eile sa phlana.

## Cumaidh sinn oirnn a' gabhail làn-ealla ri Beachdan an Luchd-ionnsachaidh, an Luchd-oideachaidh agus Phàrantan/an Luchd-chùraim.

- Gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-oideachaidh a' stiùireadh mar a thèid am plana seo a chur an gnìomh, nì a' Bhuidheann Stiùiridh airson liS feum dhen lìonra aonaichte liS ùr againn agus de bhuidhnean-breithneachaidh agus co-chomhairleachaidhean air-loidhne. Tha comainn phroifeiseanta air an riochdachadh air a' Bhuidhinn Stiùiridh airson liS agus bidh dleastanas cudromach orra gus beachdan a shireadh bho na buill aca.
- Gus dèanamh cinnteach gum bi beachdan cloinne is dhaoine òga fhathast a' stiùireadh na nì sinn, cruthaichidh Riaghaltas na h-Alba Buidhnean Ceannais is Coileanadh Cloinne is Dhaoine Òga airson liS.

Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhfidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh. 25

Gheibh na Buidhnean sin taic bho bhuidhnean le eòlas air co-chonaltradh le clann is daoine òga, a' gabhail a-steach feadhainn le eòlas air a bhith a' dèanamh co-chonaltradh ris an luchd-ionnsachaidh as òige a th' againn, aois còig is nas òige. Cuideachd, thèid beachdachadh air tuilleadh obrach a dhèanamh air mar a ghabhas cothroman a thoirt do dh'inbhich a tha nan luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail ann an cùisean a thaobh liS, mar phàirt dhen bhreithneachadh a tha ga dhèanamh air mar a ghabhas leudachadh a thoirt air liS ann an Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd.

- Bidh an t-àite a bhios aig pàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean ann a bhith a' cur liS agus gach taobh dheth air adhart glè chudromach ma tha sinn a' dol a thoirt na tha san amharc dhuinn gu buil. Obraichidh an riaghaltas còmhla ri buidhnean phàrant gus comhairle fhaighinn bhuapa air mar as urrainnear làn-ealla a ghabhail ri beachdan phàrantan is luchd-cùraim an lùib a' gheallaidh, "Ceann-uidhe 2030".

**Mu dheireadh, nì sinn ar dìcheall a bhith mothachail air atharraichean.** Tha ath-leasachaidhean mòra gan cur an sàs no air fàire ann am foghlam sgoile agus thig tuilleadh atharraichean is leasachaidhean orra sin, am measg na feadhna as cudromaiche tha Ath-sgrùdadh air Teisteanasan is Measaidhean, buidhnean nàiseanta ùra a thèid a stèidheachadh agus Còmhradh Nàiseanta air Foghlam na h-Alba. Le aithisg eadar-amail a chaidh fhoillseachadh bhon [Sgrùdadh Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidhean](#) agus aithisg dheireannach air a' Chòmhradh Nàiseanta, fhuair sinn dearbhadh soilleir gu bheil luchd-ionnsachaidh is luchd-oideachaidh a' coimhead air liS mar mheadhan cudromach gus cùisean atharrachadh ann an siostam an fhoghlaim san àm ri teachd. Ach chan fhaca sinn fhathast cruth no brìgh dheireannach nan ath-leasachaidhean sin. Mar sin, thèid am plana fhèin agus na gnìomhan coileanadh a dh'èireas bhon phlana a chur an gnìomh ann an dòigh shùbailte, mhothachail agus le leasachaidhean ceum air cheum.



Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhaidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh. 26

## Rannsachaidhean Pàrlamaid na Cloinne is Oilthigh Dhùn Dè

Fhad 's a bhathar ag ullachadh a' Phlana Ghnìomh seo, chuir Riaghaltas na h-Alba ceumannan farsaing an sàs far robh sinn ag obair còmhla ri clann, daoine òga agus an luchd-oideachaidh gus na beachdan aca air liS a chruinneachadh.

Chaidh dà phrìomh phròiseact rannsachaidh a chleachdadh ann a bhith ag ullachadh a' phlana seo, rannsachadh a rinn [Pàrlamaid na Cloinne](#) agus fear eile a rinn Oilthigh Dhùn Dè.

Chleachd **Pàrlamaid na Cloinne** Modal Luchd-sgrùdaidh Pàrlamaid na Cloinne aca.



Gus modhan-obrach com-pàirteachaidh a chur an sàs, chùm iad measgachadh de bhùithtean-obrach aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne gus co-chonaltradh a dhèanamh ri clann aois 3 gu 14 agus an luchd-oideachaidh aca. Gus beachdan na cloinne a thrusadh, dh'obraich iad còmhla ri 132 duine-cloinne thar chòig raointean ionnsachaidh eadar TIC agus ÀS1/ÀS2 agus an uair sin chùm iad bùithtean-obrach le buidheann nas lugha le 12 duine-cloinne a chaidh a thaghadh mar luchd-sgrùdaidh air an deach iarraidh rannsachadh nas mionaidiche a dhèanamh air liS. Bha seo mar leudachadh air pròiseact a thòisich ann an 2021 agus a bha còir a bhith deiseil sa Ghiblean 2022. Chaidh obair Pàrlamaid na Cloinne fhoillseachadh san Dàmhair 2022.

'S iad na gnìomhan a tha a dhìth a rèir Pàrlamaid na Cloinne:

1. Bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine-cloinne air ionnsachadh a-muigh air feadh na bliadhna sgoile.
2. Bu chòir ionnsachadh a-muigh a bhith mar phàirt de gach cuspair san sgoil.
3. Feumaidh inbhich san sgoil, agus na h-inbhich a nì co-dhùnaidhean a thaobh na dh'ionnsaicheas sinn, ionnsachadh mu staing na gnàth-shìde cuideachd.
4. Tha clann gu math dìoghrasach a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde; bu chòir ealla a ghabhail ris na beachdan, beachdan-smuain is barailean aca a thaobh nan dòighean sam bi iad ag ionnsachadh agus nan rudan a dh'ionnsaicheas iad mun chuspair seo.


### Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a' ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, buidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

5. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba gnìomhan a chur an sàs gun dàil gus dìon a chur air agus spèis a nochdadh do chraobhan agus saoghal nàdair.
6. Bu chòir cothroman a bhith aig clann is inbhich a bhith ag obair còmhla air còraichean cloinne, atharrachadh na gnàth-shìde agus seasmhachd.
7. Bu chòir ceanglaichean a bhith ann eadar sgoiltean Albannach agus sgoiltean eile air feadh an t-saoghail.
8. Bu chòir do sgoiltean taic a thoirt do chloinn gus pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh, iomairtean airson fianais a thogail agus gnìomhan gus dèiligeadh ri staing na gnàth-shìde mar phàirt de thachartasan cruinneil.
9. Bu chòir spèis a thoirt do na còraichean daonna aig clann is inbhich air feadh an t-saoghail. Tha sin a' ciallachadh gu bheil cothrom aca a bhith a' fuireach ann an àrainneachd fhallain, shona agus shàbhailte.

Chleachd am pròiseact rannsachaidh aig **Oilthigh Dhùn Dè** measgachadh de dhòighean-obrach, agus iad a' trusadh bheachdan bho dhaoine òga aois 14 is nas sine agus an luchd-oideachaidh aca air liS.



Chruinnich an luchd-rannsachaidh fiosrachadh ann an trì diofar dhòighean: suirbhìdh rannsachaidh, tachartasan 'cafaidh na cruinne' agus 3 buidhnean-breithneachaidh. Bhruidhinn iad ri daoine òga agus luchd-oideachaidh bho àiteachan-ionnsachaidh ann an 8 ùghdarrasan ionadail, bho dhiofar phàirtean dhen dùthaich, le daoine air an riochdachadh a rèir Clàr Ioma-easbaidh na h-Alba (SIMD) agus bha daoine ann bho ionad foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh an t-suirbhìdh rannsachaidh a chumail air-loidhne agus chaidh a h-uile bùth-obrach a chumail le daoine an làthair aca. Chaidh [an rannsachadh](#) seo fhoillseachadh sa Ghearran 2023.

'S iad na gnìomhan a tha a dhìth a rèir Oilthigh Dhùn Dè:

### Sgoiltean

Anns gach sgoil bidh liS:

- A' faighinn prìomhachas
- Fìchte san ionnsachadh
- A' faighinn taic
- Na phàirt de lèirsinn cho-aonaichte
- Ga chur an sàs gun dàil.

### A' Choimhearsnachd

Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a' ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

Ag ionnsachadh mu mar a tha sinn uile nar pàirt de choimhearsnachd agus nar saoranaich chruinneil tro chom-pàirteachas is co-chonaltradh le:

- Tuathanasan
- Buidhnean-carthannais
- Gnothachasan
- Buidhnean is tachartasan coimhearsnachd.

### **Luchd-obrach**

- Leasachadh proifeiseanta airson liS
- Prìomh neach-obrach liS airson gach sgoil/Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd
- Mar phàirt den ro-innleachd is planadh airson liS
- A' com-pàirteachadh shàr dhòighean-obrach taobh a-staigh is taobh a-muigh an àite-ionnsachaidh
- A' cur chothroman co-chonaltraidh is ceannais air dòigh do dhaoine òga.

A' measadh agus a' cur luach anns a h-uile slighe ionnsachaidh aig gach ìre a' gabhail a-steach chomhairlean, me:

- Duaisean Adhartais Nàiseanta
- Duais John Muir
- Urras a' Phrionnsa
- Frèam Chreideas an Theisteanas na h-Alba

#### **Nòtaichean:**

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a' ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghniomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

## Fianais Rannsachaidh Eile

Chaidh an rannsachadh a leanas a dhèanamh ann an diofar cho-theacsaichean agus thugadh sùil air diofar phàirtean de dh'ionnsachadh a-muigh agus/no liS thar nan trì bliadhna a dh'fhalbh.

Thàinig beachdan cudromach am bàrr anns na co-theacsaichean uile a tha a' co-fhreagairt air na builean a thathar a' sùileachadh sa Phlana Ghnìomh:

- tha iarrtas mòr ann am measg luchd-oideachaidh is dhaoine òga airson liS.
- tha buannachdan follaiseach ann an liS, agus gu h-àraidh an lùib ionnsachadh a-muigh, a thaobh math dhaoine òga agus mar a thig iad adhart agus a tha nan taic dhaibh san adhartas acadaimigeach a nì iad.
- tha deagh obair ga dèanamh san t-siostam ach chan eil liS an-còmhnaidh air fhisge a-steach gu math dhan churraicealam agus chan eil eòlas ro mhath aig daoine air uaireannan.
- tha barrachd maoinachaidh is ghoireasan a dhìth gus am bi barrachd buaidhe aig liS air cùisean.
- dh'fhaodadh na ceanglaichean eadar ionnsachadh a-muigh is liS a bhith air an leasachadh.

### Rannsachadh ris an deach ealla a ghabhail sa Phlana Ghnìomh ùr

#### [Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd: Aithisg Pàrlamaid na Cloinne - 2022](#)

(air a choimiseanadh le Riaghaltas na h-Alba)

Prìomh thoraidhean bhon rannsachadh agus mar a tha iad ceangailte ri gnìomhan a' phlana seo

- Toradh: “Tha liS cudromach do chloinn, oir tha e a' cuideachadh le ionnsachadh, a' toirt piseach air math na cloinne agus a' brosnachadh gnìomhan mu choinneimh staing na gnàth-shìde air feadh Alba.”
  - **Ceangailte ri Gnìomh 17:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” agus gu sònraichte airson dèanamh cinnteach gum bithear fhathast a' dèanamh co-chonaltradh brioghmhor ri luchd-ionnsachaidh mun phlana seo, cuiridh Riaghaltas na h-Alba Buidhnean Ceannais Cloinne is Dhaoine Òga nàiseanta air dòigh airson liS. Thèid iarraidh air na buidhnean sin cuid de phrìomh bhuilean a' phlana seo a cho-dhealbhadh leithid goireas-lìn liS ùr agus Prìomh Chomharran airson liS.
- Toradh: “Tha eisimpleirean follaiseach de dheagh obair ann a thaobh ionnsachadh a-muigh, saoranachd na cruinne agus leasachadh seasmhach, ach chan eilear daonnan a' tuigsinn gur e liS a tha sin agus tha IPFBD a dhìth airson luchd-oideachaidh.”
  - **Ceangailte ri Gnìomh 13b:** Nì Foghlam Alba obair thrusaidh gus eisimpleirean de dheagh dhòighean-obrach fad-àite airson liS a chruinneachadh is a sgaoileadh. Thèid prìomh eisimpleirean agus liosta de na prìomh bhuidhnean taice, prògraman is tobraichean maoinachaidh fhoillseachadh tron goireas-lìn ùr airson liS.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 20:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, bidh Foghlam Alba, le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba, a' coimiseanadh Goireas-lìn liS anns am bi fiosrachadh air gach raon is taobh de liS.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 22:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (CSSA) agus luchd-compàirt iomchaidh eile gus rannsachadh agus aithris a dhèanamh air mar a bu chòir liS fhisge a-steach gu ìre nas motha do gach bun-theisteanas airson Obair le Clann agus do na slighean TNA<sup>5</sup> agus TDA<sup>6</sup> gu tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 24:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, stèidhichidh Foghlam Alba agus Comhairle Dheadhan Foghlaim na h-Alba (CDFA) buidheann-obrach nàiseanta ùr a chruthaicheas dòigh choitcheann nàiseanta gus taic a thoirt do liS ann an Ciad-fhoghlam Luchd-teagaisg.
- Toradh: “S e staing na gnàth-shìde as motha a tha air aire na cloinne a thaobh na tuigse a th' aca air liS agus nuair a tha iad a' gabhail pàirt ann.”
  - **Ceangailte ri Gnìomh 20:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, bidh Foghlam Alba, le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba, a' coimiseanadh Goireas-lìn liS anns am bi fiosrachadh air gach raon is taobh de liS.

<sup>5</sup> TNA: Teisteanas Nàiseanta Àrd-ìre

<sup>6</sup> TDA: Teisteanas Dreuchdail na h-Alba

Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a' gnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' gnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

- Toradh: “Bu chòir còraichean is beachdan cloinne a bhith aig cridhe na h-obrach gus liS a dhealbh is a libhrigeadh.”
  - **Ceangailte ri Gnìomh 17:** Mar thaic do “Ceann-uidhe 2030” agus gu sònraichte airson dèanamh cinnteach gum bithear fhathast a’ dèanamh co-chonaltradh brìoghmhor ri luchd-ionnsachaidh mun phlana seo, cuiridh Riaghaltas na h-Alba Buidhnean Ceannais Cloinne is Dhaoine Òga nàiseanta air dòigh airson liS. Thèid iarraidh air na buidhnean sin cuid de phrìomh bhuilean a’ phlana seo a cho-dhealbhadh leithid goireas-lìn liS ùr agus Prìomh Chomharran airson liS.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 7a:** Obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri prìomh luchd-compàirt gus Prìomh Chomharran Coileanadh (PCC) ùra airson liS a dhealbh is a chur an gnìomh a ghabhas cleachdadh anns gach suidheachadh – me, àite ionnsachaidh, ìre ionadail, ìre roinneil agus ìre nàiseanta.

### [Ionnsachadh a dh’ionnsaigh Seasmhachd: beachdan dhaoine òga is luchd-oideachaidh – Oilthigh Dhùn Dè - 2023](#)

(air a choimiseanadh le Riaghaltas na h-Alba)

Prìomh thoraidhean bhon rannsachadh agus mar a tha iad ceangailte ri gnìomhan a’ phlana seo

- Toradh: “Bu chòir liS a chomharrachadh mar phrionnsapal bunaiteach ann am foghlam do dhaoine òga agus coimhearsnachdan agus bu chòir na diofar dhòighean a chomharrachadh san cuirear liS an sàs a rèir fheumalachdan gach sgìre tro roghainnean a’ churraicealaim, maoinachadh, bun-structair, trèanadh agus taic do luchd-obrach.”
  - **Ceangailte ri Gnìomh 1:** Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba am prògram aca airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, “Ceann-uidhe 2030”, gu h-oifigeil san t-Sultain 2023, agus iad a’ foillseachadh larrtas airson Ghnìomhan dhan a h-uile pàiste is duine òg, neach-oideachaidh, ceannard foghlaim, buidheann nàiseanta, ùghdarras ionadail agus buidheann roinneil. Leis an larrtas airson Ghnìomhan, bithear ag iarraidh air buidhnean an gealladh airson 2030 fhisge a-steach dha na planaichean leasachaidh, ro-innleachdail is corporra aca, agus dhan fhrèam churraicealaim is obair aca fhèin.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 5b:** Obraichidh Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba còmhla ris gach buidheann chom-pàirteach, a’ gabhail a-steach bhuidhnean buntainneach bhon treas roinn a gheibh maoinachadh bhon riaghaltas, gus dèanamh cinnteach gu bheil a’ gabhail ealla ri liS sna prionnsapalan, inbhean, prògraman is planaichean corporra aca.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 9:** Mar thaic do “Ceann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Foghlam Alba còmhla ri luchd-compàirt freagarrach gus dèanamh cinnteach gu bheil liS air fhisge a-steach, gu ìre nas motha, anns gach prògram ceannais buntainneach thar roinnean nan sgoiltean, an tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, FMG agus na roinne airson ionnsachadh coimhearsnachd agus ga thoirt seachad a rèir nan inbhean buntainneach co-cheangailte ri Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba agus Comhairle nan Inbhean airson Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Bidh an obair seo air a cheangal gu dlùth ris an obair gus lìonra comhairleachaidh a stèidheachadh airson liS.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 24:** Mar thaic do “Ceann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, stèidhichidh Foghlam Alba agus Comhairle Dheadhan Foghlaim na h-Alba (CDFA) buidheann-obrach nàiseanta ùr a chruthaicheas dòigh choitcheann nàiseanta gus taic a thoirt do liS ann an Ciad-fhoghlam Luchd-teagaisg.
- Toradh: “Bu chòir liS fhisge a-steach dhan Churraicealam airson Sàr-mhathais air fad gus am bi daoine a’ mothachadh dha ann an gach co-theacsa foghlaim.”
  - **Ceangailte ri Gnìomh 1:** Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba is Foghlam Alba am prògram aca airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, “Ceann-uidhe 2030”, gu h-oifigeil san t-Sultain 2023, agus iad a’ foillseachadh larrtas airson Ghnìomhan dhan a h-uile pàiste is duine òg, neach-oideachaidh, ceannard foghlaim, buidheann nàiseanta, ùghdarras ionadail agus buidheann roinneil. Leis an larrtas airson Ghnìomhan, bithear ag iarraidh air buidhnean an gealladh airson 2030 fhisge a-steach dha na planaichean leasachaidh, ro-innleachdail is corporra aca, agus dhan fhrèam churraicealaim is obair aca fhèin.
  - **Ceangailte ri Gnìomh 7b:** Ma/nuair a thèid ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air an fhrèam airson deagh-ghnè airson sgrùdaidhean air àiteachan foghlaim – ‘Dè cho Math ’s a tha ar Sgoil?’ – beachdaichidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam (HMIE) air mar as urrainnear ealla a ghabhail ri liS gu ìre nas motha san fhrèam. Cuideachd, agus mar phàirt dhen dleastanas aca gus

Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a’ gnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhaidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ gnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.



- beachdachadh air cuspairean freagarrach airson sgrùdaidhean-raoin nàiseanta, beachdaichidh HMIE air mar a dh'fhaodadh gu bheil sgrùdadh-raoin nàiseanta a dhith airson liS.
- **Ceangailte ri Gnìomh 10:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, bheir Com-pàirteachas Frèam Chreideas an Theisteanas na h-Alba (SCQF) taic a bharrachd do gach buidheann a tha a’ libhrigeadh prògram agus a tha an sàs ann a bhith a’ dealbh theisteanas ùra co-cheangailte ri liS. Tha e na amas dèanamh cinnteach gun urrainnear aithne a thoirt do leithid a phrògraman agus gun gabh am measadh a thaobh chreideas feuch an gabh an cur ri Frèam an SCQF.
  - Toradh: “Tha ùine is goireasan a dhith air luchd-oideachaidh gus a dhol an sàs ann an liS agus gus fhighe a-steach dhan raon ionnsachaidh aca.”
    - **Ceangailte ri Gnìomh 3:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Foghlam Alba còmhla ri prìomh luchd-compàirt sa Bhuidhinn Stiùiridh airson liS gus prògram ùr a dhealbhadh is a chur an gnìomh gus lìonra comhairleachaidh co-thaiceil airson liS a stèidheachadh.
    - **Ceangailte ri Gnìomh 11:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, HMIE agus buidhnean nàiseanta buntainneach còmhla ri Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba (CSFA) gus rannsachadh dhèanamh air dòighean airson leasachadh a thoirt air co-obrachadh a thaobh liS eadar àiteachan-ionnsachaidh aig “ìre co-chruinneachaidh” agus gus aithris a dhèanamh air an rannsachadh sin dhan Bhuidhinn Stiùiridh airson liS.
  - Toradh: “Bu chòir liS fhighe a-steach do phoileasaidhean aig ìre nan sgoiltean, Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus nan ùghdarrasan ionadail gus obair a stiùireadh agus taic a thoirt do luchd-ùidhe le bhith a’ comharrachadh dheagh dhòighean-obrach agus nan toraidhean a thig bhuapa.”
    - **Ceangailte ri Gnìomh 12:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, neartaichidh Foghlam Alba agus nì iad ceanglaichean eadar is co-òrdanachadh air lìonraidhean liS gus an urrainn dhaibh a bhith aig teis-meadhan na h-iomairt gus cùisean atharrachadh mar a tha dhith sa phlana gnìomh seo.
  - Toradh: “Bu chòir barrachd chothroman a bhith aig daoine òga gus roghnachadh mar a chuidicheas iad le agus mar a bheir iad taic do liS.”
    - **Ceangailte ri Gnìomh 17:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” agus gu sònraichte airson dèanamh cinnteach gum bithear fhathast a’ dèanamh co-chonaltradh brìoghmhor ri luchd-ionnsachaidh mun phlana seo, cuiridh Riaghaltas na h-Alba Buidhnean Ceannais Cloinne is Dhaoine Òga nàiseanta air dòigh airson liS.
  - Toradh: “Bu chòir prìomh neach-obrach liS a bhith anns gach àite-ionnsachaidh airson dèanamh cinnteach gun tèid poileasaidhean a sgaoileadh, gu bheil luchd-obrach mothachail air liS agus gu bheil iad a’ cur dheagh dhòighean-obrach an sàs aig ìre ionadail agus roinneil agus gun tèid obair liS thar àiteachan-ionnsachaidh a chomharrachadh.”
    - **ceangal ri Gnìomh 3:** Mar thaic do “Cheann-uidhe 2030” airson Àiteachan-ionnsachaidh Seasmhach, obraichidh Foghlam Alba còmhla ri prìomh luchd-compàirt sa Bhuidhinn Stiùiridh airson liS gus prògram ùr a dhealbhadh is a chur an gnìomh gus lìonra comhairleachaidh co-thaiceil airson liS a stèidheachadh.

## Tuilleadh rannsachaidh air liS is ionnsachadh a-muigh

[Builean foghlaim bho Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhachd – Oilthigh Dhùn Èideann – 2020](#) (air a choimiseanadh le Riaghaltas na h-Alba)

Prìomh thoraidhean:

- Tha liS a’ toirt buaidh air leasachadh pearsanta an luchd-ionnsachaidh agus bidh iad a’ dol an sàs ann an cùisean coimhearsnachd ri linn liS.
- Faodaidh liS a bhith mar mheadhan do dhaoine òga gus smaoinichadh air mar a tha diofar thaobhan dem beatha agus de shaoranachd ceangailte agus an urra ri chèile.
- Dh'fhaodadh gun urrainn do liS cuideachadh le adhartas agus ‘coileanadh’, gu h-àraidh tro ionnsachadh a-muigh, oir tha barrachd is barrachd dearbhadh ann gum faod eòlas air is ùine san t-saoghal nàdarra cuideachadh le ionnsachadh acadaimigeach.

Nòtaichean:

Thathar a’ cleachdadh “neach-oideachaidh” an àite “tidsear” air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal “àite/àite-ionnsachaidh” air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ gnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

- Faodaidh liS luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gu bhith a' togail sgilean breithneachaidh a bhios feumail dhaibh taobh a-muigh foghlam foirmeil, nam beatha agus nan obair.
- Faodaidh liS leasachadh a thoirt air feallsanachd is dòighean-obrach àite ionnsachaidh, agus mar sin cuidichidh e san dòigh sin gus piseach a thoirt air cùisean ann an àite ionnsachaidh.

### [Ag Ionnsachadh ann an Raon-uaine Ionadail – aithisg-mheasaidh – NàdarAlba - 2022](#)

#### Prìomh Thoraidhean:

- tha tidsearan nas mothachaile air raointean-uaine ionadail.
- tha barrachd misneachd aig tidsearan gus ionnsachadh a-muigh a thabhan.
- thathar a' dèanamh feum de làraich-a-muigh nan àiteachan-ionnsachaidh nas trice.
- thathar a' dèanamh feum de raointean-uaine ionadail nas trice.
- tha e nas coltaiche gum bi gach raon dhen churraicealam (ach a-mhàin cànanan cèin is Eòlas Creideimh agus Moraltachd) air an teagasg air làrach-a-muigh an àite no ann an raon-uaine ionadail gu cunbhalach no gu glè chunbhalach.
- tha ceangal nas làidire aig luchd-ionnsachaidh ri nàdar.
- dh'fhaodadh gun tàinig piseach air math faireachail an luchd-ionnsachaidh.
- bha luchd-ionnsachaidh a' gabhail barrachd ùidh ann an cùisean nuair a bhathar ag ionnsachadh a-muigh.
- chaidh raointean-uaine ionadail a leasachadh airson na sgoile agus na coimhearsnachd.

### [Buannachdan sòisealta is eaconamach a thig bho ionnsachadh ann an àrainneachd nàdarra – Sasainn Nàdarra – 2022](#)

#### Prìomh Thoraidhean:

- thathar a' coimhead air ionnsachadh taobh a-muigh an t-seòmair-theagaisg san àrainneachd nàdarra mar phàirt cudromach dhen ionnsachadh iomlan a gheibh clann sa bhun-sgoil.
- tha an ùine a chuireas sgoilearan seachad a-muigh a' còrdadh riutha agus tha coltas ann gum bi measgachadh nas fharsaing de chonaltradh sòisealta a' dol eatorra nuair a bhios iad ag ionnsachadh a-muigh an coimeas ris na bhios a' tachairt san t-seòmair-theagaisg.
- bidh sgoilearan ag obair le is a' conaltradh ri sgoilearan eile ann an dòigh eadar-dhealaichte, agus tha barrachd misneachd aca a thaobh nan comasan aca gus fuasglaidhean a lorg is ionnsachadh.
- tha ionnsachadh a-muigh a' cuideachadh clann gus fèin-mhothachadh is fèin-eòlas a thogail, thig buannachdan bho obair le sgoilearan eile air feadh diofar raointean-aoise, agus thathar a' cur ri eòlas farsaing na cloinne.

### [A' teagasg, ag ionnsachadh agus a' cluich a-muigh: sgrùdadh air na thathar a' dèanamh ann an Alba – NàdarAlba – 2022](#)

#### Prìomh Thoraidhean:

- tha an ùine a thathar a' cur seachad a-muigh ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne air a dhol an àird, agus thathar a' cur seachad 39% dhen ùine, sa chumantas, a-muigh.
- tha an ùine a thathar a' cur seachad a-muigh ann am bun-sgoiltean air a dhol sìos ann an 2022 – bha nas lugha na 30% de na tachartasan a-muigh a' dol an sàs ann an liS.
- tha cion misneachd aig àireamh nach beag de luchd-obrach ann am bun-sgoiltean is àiteachan tràth-ionnsachaidh gus ionnsachadh a-muigh is liS a chur an sàs.
- bha barrachd misneachd aig tidsearan bun-sgoile a thaobh ionnsachadh a-muigh (62.9%) seach liS (40.3%).
- bha beagan a bharrachd air leth dhen luchd-obrach a ghabh pàirt san sgrùdadh a' smaoinichadh gun robh barrachd ionnsachaidh a-muigh ann an a-nis an coimeas ris mar a bha e ro Chovid.
- mar bu trice, b' iad na sgoiltean na bu lugha a bha na bu bhualtiche a bhith a' dèanamh barrachd ionnsachaidh a-muigh.
- tha tidsearan fhathast a' faicinn mar a tha ionnsachadh a-muigh a' toirt piseach air a' churraicealam.

#### Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a' ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.

## Ballrachd na Buidhne Stiùiridh airson liS

'S iad buill na Buidhne Stiùiridh airson liS, luchd-ùidhe air a bheil uallach airson ghnìomhan sa phlana ghnìomh. Tha a' bhuidheann air taic glè chudromach a thoirt dhan obair gus am plana leasaichte seo a cho-dhealbh, agus cumaidh iad orra a' com-pàirteachadh an cuid eòlais agus a' toirt comhairle ro-innleachdail seachad mar thaic do mar a thèid liS a chur an sàs, agus iad a' dèanamh obair chudromach mar thaic do mar a thèid an gealladh ùr, Ceann-uidhe 2030, a thoirt gu buil.

Chithear sa chlàr gu h-ìosal, liosta de na buill a th' ann an-dràsta, ach, tha sinn air cur romhainn gun toirear sùil as ùr air ballrachd na buidhne agus gun tèid iarraidh air buidhnean eile pàirt a ghabhail sa bhuidhinn ma/nuair a bhios eòlas sònraichte a dhìth.

Craig Flunkert	Aonad Curraicealaim Riaghaltas na h-Alba (Cathraiche)
Maxine Booth	Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba
Matthew Sweeney	Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba
Ian Menzies	Foghlam Alba
Jacqueline Church	Institiud Foghlaim na h-Alba
Jane Brumpton	Tràth-bhliadhnaichean na h-Alba
Louise Chaimbeul	Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba
Pete Higgins	Ionnsachadh a dh'ionnsaigh Seasmhach Alba
Victoria Robb	Comann Nàiseanta nam Maighstirean-sgoile Aonadh nam Bana-thidsearan
Peter Rawcliffe	NàdarAlba
Julie Cavanagh	Com-pàirteachas Frèam Chreideas is Theisteanas na h-Alba
Tom Harley	Leasachadh Sgilean na h-Alba
Fiona Craig	Ùghdarras Theisteanas na h-Alba

### Nòtaichean:

Thathar a' cleachdadh "neach-oideachaidh" an àite "tidsear" air feadh na sgrìobhainn gus am bi gach neach-foghlaim proifeiseanta air an gabhail a-steach leis an ainm sin. Cleachdar am facal "àite/àite-ionnsachaidh" air feadh na sgrìobhainn gus am bi diofar roinnean foghlaim air an gabhail a-steach, leithid àiteachan tràth-ionnsachaidh is cùraim chloinne agus sgoiltean.

Tha cuid a ghnìomhan sa phlana fo stiùir Ùghdarras Theisteanas na h-Alba no Foghlam Alba. Nuair a bhios na buidhnean a thèid an àite an SQA agus Foghlam Alba air an stèidheachadh, bruidhnidh Riaghaltas na h-Alba ris na buidhnean ùra gus an aonta fhaighinn gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' ghnìomh agus/no gus an gnìomh a choileanadh.



© Crown copyright 2023



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-019-2 (web only)

Published by The Scottish Government, June 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1305042 (06/23)

W W W . g o v . s c o t